



Nàiseanta 5
Sònrachadh Cùrsa



Cruinn-eòlas Nàiseanta 5

| | |
|--------------------------------|-----------------------------------|
| Còd a' chùrsa: | C871 75 |
| Còd measaidh a' chùrsa: | X871 75 |
| SCQF: | Ìre 5 (24 puingean creideis SCQF) |
| Dligheach bho: | seisean 2024–25 |

Tha sònrachadh a' chùrsa a' tabhann fiosrachadh mionaideach mun chùrsa is mu mheasadh a' chùrsa gus dèanamh cinnteach gun tèid measadh cunbhalach is soilleir a dhèanamh bliadhna an dèidh bliadhna. Tha e a' toirt cunntas mu structar a' chùrsa agus mu mheasadh a' chùrsa a thaobh nan sgilean, an eòlais agus na tuigse a thathas a' measadh.

'S ann dha tidsearan is òraidichean a tha an sgrìobhainn seo agus tha am fiosrachadh riatanach air fad ann airson an cùrsa a lìbhrigeadh

An deasachadh seo: An Cèitean 2024, deasachadh 5.0

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2012, 2019, 2021, 2024

Clàr-innse

| | |
|---|-----------|
| Geàrr-iomradh a' chùrsa | 1 |
| Feallsanachd a' chùrsa | 2 |
| Adhbhar is amasan | 2 |
| Co dha a tha an cùrsa seo? | 3 |
| Susbaint a' chùrsa | 4 |
| Sgilean, eòlas is tuigse | 5 |
| Sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean obrach | 10 |
| Measadh a' chùrsa | 11 |
| Structar measaidh a' chùrsa: pàipear nan ceistean | 11 |
| Structar measaidh a' chùrsa: obair shònraichte | 12 |
| Rangachadh | 16 |
| Co-ionannachd is in-ghabhaltas | 17 |
| Fiosrachadh a bharrachd | 18 |
| Pàipear-taice: notaichean taic a' chùrsa | 19 |
| Ro-ràdh | 19 |
| A' leasachadh sgilean, eòlas is tuigse | 19 |
| Dòighean ionnsachaidh, teagaisg is measaidh | 20 |
| Ag ullachadh airson measadh cùrsa | 48 |
| A'leasachadh sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean obrach | 49 |

Geàrr-iomradh a' chùrsa

Tha 24 puingean creideis SCQF sa chùrsa a' gabhail a-steach ùine airson measadh cùrsa. Thathas den bheachd gun toir tagraiche 160 uair a thìde a' cur crìoch air a' chùrsa.

Tha dà eileamaid ri mheasadh sa chùrsa.

| Eileamaid | Comharran | Ùine |
|-----------------------------------|-----------|------------------------------------|
| Eileamaid 1: pàipear nan ceistean | 80 | 2 uair a thìde is 20 mionaid |
| Eileamaid 2: obair shònraichte | 20 | faic earrann air measadh a' chùrsa |

| Inntrigeadh a thathar a' moladh | Adhartas |
|---|---|
| <p>Tha inntrigeadh dhan chùrsa seo an urra ri cead an ionaid.</p> <p>Bu chòir dha tagraichean a bhith air a' cheathramh ìre curraicealaim a choileanadh no cùrsa Nàiseanta 4 ann an Cruinn-eòlas no cùrsa Nàiseanta 4 ann an Saidheans Àrainneachd no Nàiseanta 4 ann an Eachdraidh no Nàiseanta 4 ann an cùrsa Nuadh-eòlais no teisteanasan co-ionann agus/no eòlas mus tòisich iad air a' chùrsa seo.</p> | <ul style="list-style-type: none">◆ Cùrsa Cruinn-eòlais aig Àrd-Ìre◆ Cùrsa Saidheans Àrainneachd aig Àrd-Ìre◆ Sgrùdadh, cosnadh no trèanadh a bharrachd |

Cùmhnantan duaise

Tha am bann a thèid a bhuileachadh a rèir nan comharran iomlan a fhuaras thairis air eileamaidean measaidh a' chùrsa air fad.

Feallsanachd a' chùrsa

Tha cùrsaichean Nàiseanta stèidhichte air luachan, adhbharan is prionnsapalan a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais. Tha iad a' tabhann sùbailteachd, barrachd ùine airson ionnsachadh, barrachd fòcais air sgilean is air ionnsachadh a ghnìomhachadh agus cothrom airson pearsanachadh is roghainn.

Tha gach cùrsa a' toirt cothrom dha tagraichean leasachadh a dhèanamh air farsaingeachd, dùbhlán is gnìomhachadh. Tha fòcas is cothromachd a' mheasaidh sònraichte do gach cuspair.

Tha cùrsa Nàiseanta 5 ann an Cruinn-eòlas a' togail air prionnsapalan is cleachdaidhean airson sgrùdadh sòisealta is saidheans. Tha tagraichean a' leasachadh frèam de dh'eòlas cruinn-eòlasach agus a' cur ri an eòlas mun àrainneachd, seasmhachd agus mu bhuidh cùisean cruinneil.

Tha an cùrsa a' cur cuideam air leasachadh is buileachadh sgilean.

Tha an cudrom air mìneachadh stòran, a' gabhail a-steach mapaichean a' leasachadh sgilean smaoineachaidh. Tha tagraichean a' faighinn eòlas le bhith a' cur ri obair bhuidhnean agus cuideachd ag obair nan aonar a' gabhail pàirt ann an gnìomhan rannsachail is breithneachail. Bidh iad cuideachd a' leasachadh an sgilean ann an litearrachd is àireamhachd mean air mhean.

Tro a bhith a' sgrùdadh cruinn-eòlas agus a' togail dhòighean air mion-sgrùdadh cruinn-eòlasach a dhèanamh bidh tagraichean a' leasachadh tuigse mu fheartan den t-saoghal co-aimsireil. Bidh am misneachd a' fàs mar a bhios iad a' tòiseachadh a' tuigsinn barrachd mun ionannachd fhèin agus ag ionnsachadh mu dhiofar dhùthchannan is chultaran. Tha an cùrsa gam brosnachadh gus smaoineachadh mu dheidhinn buaidh na h-àrainneachd air slàinte is fallaineachd.

Tha an cùrsa a' brosnachadh thagraichean inntinn fhosgailte a bhith aca agus spèis do luachan, creideamhan is cultaran chàich.

Adhbhar is amasan

Tha sgrùdadh ann an cruinn-eòlas a' toirt fiosrachadh dha tagraichean mu ar saoghal a tha ag atharrachadh, mu a ghnìomhachadh daonna agus obair chorpóra. Tha tagraichean a' leasachadh an eòlais is nan sgilean a tha a' toirt cothrom dhaibh cur ri an coimhearsnachdan ionadail agus comann-sòisealta san fharsaingeachd. Tha sgrùdadh ann an cruinn-eòlas ag àrach bheachdan taiceil fad-beatha de stiùbhardachd àrainneachdail, de sheasmhachd is de shaoranachd chruinneil. Tha gnìomhan practaigeach, a' gabhail a-steach obair làraich, a' tabhann chothroman dha tagraichean ceangal a dhèanamh rin àrainneachd.

Tha na co-theacsaichean sgrùdaidh ionadail, nàiseanta, eadar-nàiseanta is cruinneil.

Bidh tagraichean a' leasachadh:

- ◆ farsaingeachd de sgilean cruinn-eòlasach is dòighean

- ◆ tuigse mhionaideach do na dòighean anns am bi daoine a' co-cheangal ris an àrainneachd ri linn modhan corporra agus gnìomhan aig ìrean ionadail, nàiseanta, eadar-nàiseanta is cruinneil
- ◆ tuigse mhionaideach do cheanglaichean farsaing agus do shaoghal a tha ag atharrachadh ann an dòigh a tha cothromach, breithneachail is co-fhaireachail
- ◆ sealladh cruinn-eòlasach air cùisean àrainneachdail is sòisealta
- ◆ ùidh ann agus uallach mun àrainneachd, a' leantainn gu leasachadh seasmhach

Tha sgilean gluasadach a' gabhail a-steach:

- ◆ a' cleachdadh is a' mìneachadh farsaingeachd de dh'fhiosrachadh cruinn-eòlasach
- ◆ a' cleachdadh is a' mìneachadh iongantasan cruinn-eòlasach
- ◆ a' cleachdadh raon mhapaichean agus dàta eile airson fiosrachadh cruinn-eòlasach a ghiullachd is a chur an cèill
- ◆ a' rannsachadh sgilean, a' gabhail a-steach obair làraich

Dh'fhaodadh cothrom a bhith aig tagraichean mothachadh a leasachadh do raon cuingealaichte de shiostaman fiosrachaidh ann an cruinn-eòlas tro ICT no tro dhòighean eile.

Co dha a tha an cùrsa seo?

Tha an cùrsa freagarrach dha raon farsaing de luchd-ionnsachaidh, feadhainn aig àrd-ìre den churraicealam.

Susbaint a' chùrsa

Tha trì roinnean sgrùdaidh ann. Tha gach roinn a' cuimseachadh air sgilean sònraichte

Àrainneachdan fiosaigeach

Bidh tagraichean a' leasachadh sgilean cruinn-eòlais agus dòighean obrachaidh ann an co-theacsa àrainneachdan fiosaigeach, còmhla ri eòlas mionaideach agus tuigse air na pròiseasan is an t-eadar-obrachadh an cois àrainneachdan fiosaigeach. Tha prìomh chuspairean a' gabhail a-steach: suidheachadh an t-seòrsa dealbh-tìre, cumadh prìomh fheartan dealbh-tìre, rianachd cleachdadh is seasmhachd fearainn, agus aimsir. Bidh tagraichean a' sgrùdadh taghadh de sheòrsaichean dealbh-tìre bho cho-theacsaichean taobh a-staigh Alba agus/no na RA. Tha seòrsaichean dealbh-tìre air an taghadh bho: àrd-thalamh eighichte, clach-aoil àrd-thalamh, dealbhan-tìre costail agus aibhnichean is na glinn aca. Tha pearsanachadh is taghadh comasach tro na seòrsaichean dealbh-tìre agus na ceàrnaidhean a chaidh a thaghadh airson sgrùdadh.

Àrainneachdan daonna

Bidh tagraichean a' leasachadh sgilean is dòighean-obrach cruinn-eòlasach ann an co-theacsa àrainneachdan daonna, còmhla ri eòlas is tuigse mhionaideach air an eadar-obrachadh a tha an cois àrainneachdan daonna. Bidh tagraichean a' dèanamh coimeas eadar dùthchannan leasaichte is fo leasachadh air an tarraing bho cho-theacsa chruinneil. Tha prìomh chuspairean a' gabhail a-steach: eadar-dhealachaidhean ann an leasachadh, sgaoileadh is atharrachadh ann an àireamh-sluaigh an t-saoghail agus cùisean ann an atharrachadh dealbhan-tìre bailteil is dùthchail.

Cùisean cruinneil

Bidh tagraichean a' leasachadh sgilean ann an cleachdadh fiosrachadh àireamhachdail ann an co-theacsa chùisean cruinneil, còmhla ri eòlas mionaideach is tuigse do chùisean cudromach cruinneil ann an cruinn-eòlas. Tha prìomh chuspairean a' gabhail a-steach: atharrachadh gnàth-shìde, roinnean nàdarra, gàbhaidhean àrainneachdail, malairt is cruinnealas, turasachd is slàinte. Tha pearsanachadh is taghadh comasach tro na cùisean a chaidh a thaghadh airson sgrùdadh.

Sgilean, eòlas is tuigse

Sgilean, eòlas is tuigse airson a' chùrsa

Tha na leanas a' toirt tar-shealladh farsaing air na sgilean, air an eòlas is tuigse cuspaireach a th' air an leasachadh sa chùrsa:

- ◆ a' leasachadh is a' cleachdadh sgilean is eòlas mionaideach is tuigse ann an co-theacsaichean cruinn-eòlasach
- ◆ le stiùireadh, a' rannsachadh is a' cleachdadh fiosrachadh a chaidh a chruinneachadh bho raon stòran, bho chùisean air a bheilear an ìre mhath eòlach, ann an cruinn-eòlas
- ◆ a' cleachdadh farsaingeachd de sgilean mapaidh, a' gabhail a-steach mapaichean Suirbhuidh Òrdanais
- ◆ a' cleachdadh farsaingeachd de sgilean rannsachaidh, a' gabhail a-steach sgilean obair làraich
- ◆ a' cleachdadh is a' mìneachadh raon de dh'fhiosrachadh àireamhachail is grafaigeach
- ◆ a' foillseachadh eòlas is tuigse mu àrainneachd fhiosaigeach na h-Alba agus/no na Rìoghachd Aonaichte le bhith a' toirt seachad cunntasan mionaideach a tha fìor sa mhòr-chuid le beagan susbaint theòiridheach, agus a' toirt seachad mìneachaidhean mionaideach
- ◆ a' foillseachadh eòlas is tuigse den àrainneachd dhaonna ann an co-theacsa chruinneil le bhith a' toirt seachad chunntasan mionaideach a tha fìor sa mhòr-chuid le beagan susbaint theòiridheach, agus a' toirt seachad mìneachaidhean mionaideach
- ◆ a' foillseachadh eòlas is tuigse do chùisean taghte cruinneil le bhith a' toirt seachad cunntasan mionaideach a tha fìor sa mhòr-chuid le beagan susbaint theòiridheach, agus a' toirt seachad mìneachaidhean mionaideach

Sgilean, eòlas is tuigse airson measadh a' chùrsa

Tha na leanas a' toirt seachad nan sgilean riatanach, an eòlais is na tuigse a tha ann am measadh a' chùrsa.

Eileamaid 1: pàipear nan ceistean

Bidh eisimpleirean ann am pàipear nan ceistean bhon eòlas is bhon tuigse gu h-ìosal. Ach cha bu chòir seo fhaicinn mar stiùireadh airson cruth pàipear nan ceistean, no mar an òrdugh teagaisg a th' air a mholadh, no mar stiùireadh gu dòighean teagaisg is ionnsachaidh.

Àrainneachdan fiosaigeach

Aimsir

Taobh a-staigh co-theacsa na Rìoghachd Aonaichte:

- ◆ buaidh domhan-leud, tìr-chruth, sealladh-aghaidh agus an t-astar bhon mhuir air cor na sìde
- ◆ feartan nan còig prìomh thomadan-èadhair a tha a' toirt buaidh air an RA
- ◆ feartan aimsire co-cheangailte ri isleachadh is anti-saidhcleonan

Seòrsaichean dealbh-tìre

Taobh a-staigh **dà** sheòrsa dealbh-tìre, air an taghadh bho:

- ◆ àrd-thalamh eighichte agus dealbhan-tìre costail **NO**
- ◆ clach-aoil àrd-thalamh, agus aibhnichean is na glinn aca

Comharrachadh is cumadh nam feartan tìre a leanas (bho **dhà** sheòrsa dealbh-tìre):

- ◆ àrd-thalamh eighichte - coire, spor gearrte, binnean, arête, gleann air cumadh U
- ◆ dealbhan-tìre costail-grìobaichean, uaimhean isairdsean, stacan, rubhaichean is bàghan, teangannan is bàraichean gainmhich
- ◆ clach-aoil àrd-thalamh - cabhsairean clach-aoil, poit-thuill, tuill-shlugaidh, cabhairnean, aol-chluigeanan is aol-charraighean, drèanadh eadar-ùineach
- ◆ aibhnichean is na glinn aca - glinn air cumadh v, easan, lùban-aibhne, loch crudha-eich, levées

Bu chòir cleachdaidhean fearainn a tha a rèir an **dà** sheòrsa dealbh-tìre a chaidh a sgrùdadh a thaghadh bho:

- ◆ tuathanachas
- ◆ coilltearachd
- ◆ gnìomhachas
- ◆ cur-seachad is turasachd
- ◆ stòradh uisge is solaradh
- ◆ lùth ath-nuadhachail

Ann an co-theacsa **aon** de na seòrsaichean dealbh-tìre a chaidh a sgrùdadh:

- ◆ na còmhstrithean a dh'fhaodas èirigh eadar cleachdaidhean-fearainn taobh a-staigh a' dhealbh-thìre seo
- ◆ na fuasglaidhean a th' air an cleachdadh gus dèiligeadh ri comhstrithean comharraichte air cleachdaidhean fearainn

Àrainneachdan daonna

Ann an co-theacsa dhùthchannan leasaichte is fo leasachadh:

- ◆ cleachdadh air taisbeanairan sòisealta is eaconamach
- ◆ feartan fiosaigeach is daonna a tha a' toirt buaidh air sgaoileadh àireamh-sluaigh an t-saoghail
- ◆ feartan a tha a' toirt buaidh air reataichean breithe is bàis

Ann an co-theacsa sgìrean bailteil:

- ◆ feartan sònraichte de chleachdadh fearainn ann am bailtean mòra an t-saoghail leasaichte
- ◆ leasachaidhean o chionn ghoirid ann am prìomh sgìre-gnothachais (CBD), am baile a-staigh, iomall dùthchail/bailteil ann am bailtean mòra leasaichte an t-saoghail
- ◆ leasachaidhean o chionn goirid a tha a' dèiligeadh ri cùisean ann an tuineachaidhean taigheadais neo-fhoirmeil ann am bailtean mòra an t-saoghail fo leasachadh

Ann an co-theacsa sgìrean dùthchail:

- ◆ Atharrachaidhean sa dhealbh-tìre dhùthchail ann an dùthchannan leasaichte co-cheangailte ri nuadh-leasachaidhean ann an tuathanachas leithid: iomadachd, buaidh teicneòlais ùir, tuathanachas organach, atharrachadh ginteil, poileasaidh gnàthaichte riaghaltais
- ◆ Atharrachaidhean sa dhealbh-tìre dhùthchail ann an dùthchannan fo leasachadh co-cheangailte ri nuadh-leasachaidhean ann an tuathanachas leithid atharrachadh ginteil, buaidh teicneòlais ùire, bith-chonaidhean

Cùisean cruinneil

Bidh tagraichean a' sgrùdadh **dà** chùis chruinneil bho na leanas:

Atharrachadh gnàth-shìde

- ◆ feartan atharrachadh gnàth-shìde
- ◆ adhbharan — fiosaigeach is daonna
- ◆ buaidhean — ionadail is cruinneil
- ◆ ro-innleachdan stiùiridh gus buaidhean a lùghdachadh

Roinnean nàdarra

- ◆ gnàth-shìde tundra agus coilltean tropaigeach crios-meadhain an t-saoghail agus na h-eag-shiostaman aca
- ◆ cleachdadh is mì-chleachdadh dhaoine air na h-àrainneachdan sin
- ◆ buaidhean miosadachadh dealbh-tìre air daoine is an àrainneachd
- ◆ ro-innleachdan stiùiridh gus buaidhean a lùghdachadh

Gàbhaidhean àrainneachdail

- ◆ prìomh fheartan crìthean-talmhainn, bholcànothan is stoirmean tropaigeach
- ◆ adhbharan airson gach gàbhadh
- ◆ buaidh gach gàbhaidh air daoine is air a' dhealbh-tìre
- ◆ stiùireadh - dòighean ro-innse is planaigh, agus ro-innleachdan a chaidh a chleachdadh mar fhreagairt dha gàbhaidhean àrainneachdail

Malairt is cruinnealas

- ◆ pàtran malairt cruinneil
- ◆ adhbharan airson neo-ionannachdan ann am malairt
- ◆ buaidh phàtran malairt cruinneil air daoine is air an àrainneachd
- ◆ ro-innleachdan airson neo-ionannachdan a lùghdachadh - caidreachasan malairt, malairt chothromach, cleachdaidhean seasmhach

Turasachd

- ◆ mòr-thurasachd agus eag-thurasachd
- ◆ adhbharan airson/reusanan airson mòr-thurasachd agus eag-thurasachd
- ◆ buaidh mòr-thurasachd is eag-thurasachd air daoine is an àrainneachd
- ◆ ro-innleachdan a chaidh a chleachdadh airson turasachd a stiùireadh

Slàinte

- ◆ sgaoileadh raon de ghalaran saoghail
- ◆ buaidhean is ro-innleachdan a chaidh a chleachdadh gus stiùireadh a thoirt dha:
 - HIV/AIDS ann an dùthchannan leasaichte is fo leasachadh
 - aon ghalar a tha cumanta ann an dùthaich leasaichte (tagh bho: tinneas cridhe, aillse, a' chuing)
 - aon ghalar a tha cumanta ann an dùthaich fo leasachadh (tagh bho mailèiria, a' bhuinneach mhòr, kwashiorkor, an galar-sgamhanach)

Sgilean cruinn-eòlasach

Tha measadh air a dhèanamh air na sgilean a leanas ann an co-theacsaichean a th' air an tarraing bho air feadh a' chùrsa:

Sgilean mapaidh co-cheangailte ri mapaichean Suirbhidh Òrdanais:

- ◆ comharran-clèithe (figear 4/6)
- ◆ a' comharrachadh is a' lorg fheartan is phàtranan fiosaigeach is daonna
- ◆ a' tomhas astar a' cleachdadh sgèile
- ◆ ag eadar-mhìneachadh phàtranan tìr-chruth is loidhne-àirde
- ◆ a' cleachdadh mhapaichean còmhla ri deilbh-thogte, sgeidsichean làraich, tàr-dhealbhan/loidhnean-tarsainn

A' tarraing, a' mìneachadh is a' taisbeanadh fiosrachadh àireamhachail is grafaigeach a dh'fhaodadh a bhith na:

- ◆ ghrafaichean
- ◆ chlàran
- ◆ dhiagraman
- ◆ mhapaichean

Eileamaid 2: obair shònraichte

Tha roghainn fhosgailte aig tagraichean den chuspair no den chùis ann an cruinn-eòlas.

Sgilean cruinn-eòlasach

Sgilean rannsachaidh a' gabhail a-steach sgilean obair-làraich:

- ◆ a' tionail
- ◆ a' giullachd
- ◆ a' mìneachadh

Tha na sgilean, an t-eòlas is an tuigse a tha sa chùrsa freagarrach airson ìre SCQF den chùrsa. Tha taisbeanairan ìre SCQF a' toirt seachad fiosrachadh a bharrachd air comharraidhean is air a' choileanadh ris am bi dùil aig gach ìre de SCQF (www.scqf.org.uk).

Sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean obrach

Tha an cùrsa seo a' cuideachadh thagraichean airson leasachadh a dhèanamh air sgilean farsaing, coitcheann. Tha na sgilean sin stèidhichte air [SQA's Skills Framework: Skills for Learning, Skills for Life and Skills for Work](#) agus a' tarraing bho na prìomh roinnean a leanas:

1 Litearrachd

1.1 Leughadh

2 Àireamhachd

2.3 Làimhseachadh fiosrachaidh

4 Fastaidheachd, iomairt is saoranachd

4.6 Saoranachd

5 Sgilean smaoinichaidh

5.3 A' cleachdadh

5.4 A' mion-sgrùdadh is a' luachadh

Feumaidh na sgilean sin obrachadh a-steach dhan chùrsa far a bheil cothroman freagarrach ann agus bu chòir dhan ìre a bhith freagarrach dha ìre a' chùrsa.

Tha fiosrachadh a bharrachd mu thogail sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean obrach ann an notaichean taic a' chùrsa

Measadh a' chùrsa

Tha measadh a' chùrsa stèidhichte air an fhiosrachadh a tha san sgrìobhainn seo.

Tha measadh a' chùrsa a rèir prìomh adhbharan is amasan a' chùrsa le bhith a' dèiligeadh ri:

- ◆ farsaingeachd — a' tarraing bho eòlas is sgilean tron chùrsa
- ◆ dùbhlán — a' cur feum air doimhneachd no leudachadh nas motha ann an eòlas agus/no sgilean
- ◆ cleachdadh — a' cur feum air cleachdadh eòlais agus/no sgilean ann an co-theacsaichean practaigeach no teòiridheach mar a tha iomchaidh

Tha seo a' toirt cothrom dha tagraichean:

- ◆ na sgilean, an eòlas is an tuigse a thog iad sa chùrsa is a chaidh a mheasadh ann am pàipear nan ceistean a ghnìomhachadh is a chleachdadh
- ◆ farsaingeachd sgilean, eòlais is tuigse bhon chùrsa a chaidh a mheasadh ann am pàipear nan ceistean fhoillseachadh
- ◆ dùbhlán is cleachdadh, co-cheangailte ri cuspair no cùis chruinn-eòlasach a chaidh a mheasadh san obair shònraichte, a thaisbeanadh

Structar measaidh a' chùrsa: pàipear nan ceistean

Eileamaid 1: pàipear nan ceistean

80 comharra

Tha pàipear nan ceistean a' toirt cothrom dha tagraichean na sgilean a leanas is farsaingeachd eòlais is tuigse bhon chùrsa fhoillseachadh:

- ◆ a' cleachdadh raon cuingealaichte de sgilean mapa
- ◆ a' cleachdadh raon cuingealaichte de dh'fhiosrachadh àireamhachail is grafaigeach
- ◆ a' toirt seachad tuairisgeulan mionaideach is mìneachaidhean le beagan soilleireachaidh

Tha 80 comharra ann am pàipear nan ceistean a-mach à 100 comharra iomlan. Mar sin tha am pàipear luach 80% de na comharra iomlan airson measadh a' chùrsa.

Tha trì earrannan ann am pàipear nan ceistean:

- ◆ Earrann 1: àrainneachdan fiosaigeach (30 comharra) — tha roghainn cheistean aig tagraichean air gnè dhealban-tìre; feumaidh iad na ceistean eile uile a fhreagairt
- ◆ Earrann 2: àrainneachdan daonna (30 comharra) — tagraichean a' freagairt nan ceistean uile
- ◆ Earrann 3: cùisean cruinneil (20 comharra) — tagraichean a' freagairt dà cheist bho shìa roghainnean. 'S iad na roghainnean: atharrachadh gnàth-shìde, roinnean nàdarra, gàbhaidhean àrainneachdail, malairt is cruinnealas, turasachd is slàinte. Tha co-ionannachd iarrtais eadar na roghainnean

Anns gach earrainn tha ceistean le freagairtean cuingealaichte/leudaichte far am feum tagraichean tarraing bhon eòlas is an tuigse agus bho na sgilean air a bheil cunntas air a thoirt ann an 'Sgilean, eòlas is tuigse airson measadh a' chùrsa'.

Tha eadar-sgarachdainn taobh a-staigh gach ceist.

Tha barrachd cudroim ann am pàipear nan ceistean air measadh eòlais is tuigse na a th' anns an obair shònraichte. Tha na comharran eile air am buileachadh airson foillseachadh sgilean.

A' seatadh, a' cuairteachadh is a' comharrachadh pàipear nan ceistean

Tha pàipear nan ceistean air a sheatadh is air a chomharrachadh le SQA agus air a chuairteachadh ann an ionadan fo shuidheachaidhean a th' air an sònrachadh airson deuchainnean air an taobh a-muigh le SQA. Bidh tagraichean a' cur crìoch orra seo ann an 2 uair a thìde is 20 mionaid.

Tha sampail de phàipearan cheistean airson cùrsaichean Nàiseanta 5 foillsichte air làrach-lìn SQA. Tha iad sin a' sealltainn inbhe, structar is riatanasan nam pàipearan cheistean a bhios tagraichean a' suidhe. Tha stiùireadh comharrachaidh sna pàipearan sampail cuideachd.

Structar measaidh a' chùrsa: obair shònraichte

Eileamaid 2: obair shònraichte

20 comharra

Tha an obair shònraichte a' toirt cothrom dha tagraichean na sgilean, an eòlas is an tuigse a leanas fhoillseachadh taobh a-staigh co-theacsa de chuspair no de chùis ann an cruinn-eòlas:

- ◆ taghadh, le glè bheag taic, cuspair no cùis a tha freagarrach ann an cruinn-eòlas
- ◆ a' cruinneachadh fiosrachadh bho raon cuingealaichte de stòrasan fiosrachaidh
- ◆ a' dèiligeadh ris an fhiosrachadh a chaidh a chruinneachadh le sgilean/ro-innleachdan cruinn-eòlasach
- ◆ a' tarraing bho eòlas is tuigse gus prìomh fheartan den chuspair no den chùis a mhìneachadh
- ◆ a' tighinn gu co-dhùnadh taiceil mun chuspair no mun chùis a chaidh a sgrùdadh

Tha 20 comharra aig an obair shònraichte a-mach à 100 comharra gu h-iomlan. Mar sin tha luach 20% de chomharran iomlan airson measadh a' chùrsa san obair shònraichte.

Bidh tagraichean a' cleachdadh stòrasan sònraichte aig ìre toraidh fianais. Tha teamlaid eagraichte ann airson fianais fhoillseachadh; chan eil cleachdadh air an teamlaid riatanach.

Tha barrachd cudroim airson measadh sgilean san obair shònraichte na ann am pàipear nan ceistean.

A' seatadh, a' cuairteachadh is a' comharrachadh na h-obrach shònraichte

Tha dà ìre san obair shònraichte:

- ◆ rannsachadh
- ◆ foillseachadh fianais

Tha SQA a' tabhann mion-fhiosrachadh airson fianais a tha ri mheasadh a ghintinn. Tha roghainn fhosgailte aig tagraichean de chuspair no de chùis ann an cruinn-eòlas. Bidh iad a' rannsachadh a' chuspair/na cùise agus ag eagrachadh is a' foillseachadh an toraidhean airson dèiligeadh ris, a' cleachdadh nan stòrasan comharraichte (Fiosrachadh Eagraichte) a chaidh a thional nan rannsachadh, gus an cuideachadh le foillseachadh fianais.

Bu chòir dha tidsearan/òraidichean stiùireadh reusanta a thoirt seachad mun t-seòrsa cuspair no cùis a bheir cothrom dha tagraichean coinneachadh ri riatanasan na h-obrach-shònraichte air fad. Faodaidh iad cuideachd tagraichean a stiùireadh co-cheangailte ri faotainneachd is ruigsinneachd stòrasan airson a' chuspair no na cùise a thagh iad.

Bidh tagraichean a' gabhail os làimh ìre an rannsachaidh aig àm iomchaidh sam bith sa chùrsa, sa chumantas nuair a tha iad air na sgilean, an eòlas is an tuigse riatanach a leasachadh. Bu chòir dha tagraichean ìre foillseachaidh fianais a gabhail os làimh ann an àm gus coinneachadh ris a' cheann-latha a shuidhich SQA airson a chur a-steach.

Cùmhnantan measaidh

Ùine

Tha ìre an rannsachaidh air a dheilbh airson gum bi e comasach a chrìochnachadh thairis air ùine bheachdach de 8 uairean a thìde. Tha 1 uair a thìde aig a' char as fhaide ceadaichte airson ìre fianais a thoirt gu buil.

Faire, smachd is dearbhadh

Tha ìre an rannsachaidh ga stiùireadh le faire is smachd. Tha seo a' ciallachadh ged a dh'fhaodas tagraichean crìoch a chur air pàirt den obair taobh a-muigh suidheachadh an ionnsachaidh is an teagaisg, gum bu chòir dha tidsearan/òraidichean dòighean a chur air chois airson sùil a chumail air adhartas agus airson dèanamh cinnteach gur e obair an tagraiche a th' ann agus nach robh mèirle-sgrìobhaidh ann. Mar eisimpleir:

- ◆ coinneamhan adhartais eadar-amail le tagraichean
- ◆ ceasnachadh
- ◆ clàradh an tagraiche air obair/adhartas
- ◆ aire bhon tidsear/òraidiche

Thèid gabhail ri obrachadh ann am buidhnean mar phàirt de ìre an rannsachaidh. Ach feumaidh fianais shoilleir a bhith aig gach tagraiche gus sealltainn gu bheil iad air coinneachadh ri riatanasan na fianais.

Tha ìre foillseachaidh na fianais ga cuairteachadh fo inbhe àrd faire is smachd agus bu chòir seo a dhèanamh:

- ◆ taobh a-staigh 1 uair a thìde aig a' char as fhaide – faodaidh seo a bhith rè ùine leantainneach no air a roinn thairis air grunn leasan an cuspair.
- ◆ ann an ùine gus coinneachadh ris a' cheann-latha a shuidhich SQA
- ◆ nuair a tha an tagraiche deiseil

Aig ìre foillseachaidh na fianais:

- ◆ tha e an urra ris an ionad dèanamh cinnteach nach fhaigh oileanaich barrachd ùine na tha ceadaichte
- ◆ ma thèid an aithisg a dheasachadh thairis air grunn leasan, feumaidh an tìdear no an t-òraidiche obair nan oileanach a chumail agus a stòradh gu tearainte eadar leasan gus dèanamh cinnteach nach cuir oileanaich stuth a bharrachd ris na bh'aca aig toiseach ìre foillseachaidh fianais.
- ◆ Chan fhaod tìdearan no òraidichean teagasg a bharrachd no fios-air-ais a thoirt seachad a thaobh an obair shònraichte eadar seiseanan foillseachaidh fianais.
- ◆ Faodaidh oileanaich a' cleachdadh dà dhuilleag shìngilte Fiosrachadh Ullaichte A4 no aon dhuilleag shìngilte A3.

Ma tha foillseachadh air fianais bho ghiullachd-teacsa feumaidh ionadan dèanamh cinnteach nach eil cothrom aig tagraichean air an eadar-lìon no air faidhlichean sam bith eile (air clàran cruaidh no stòran gluasadach).

Aig àm a' mheasaidh feumaidh tagraichean:

- ◆ a bhith fa chomhair an tìdeir no òraidiche (no neach cunntachail sam bith eile)
- ◆ gun bhruidhinn ri chèile
- ◆ gun cothrom a bhith aca ach a-mhàin air an Fhiosrachadh Ullaichte (dà dhuilleag shìngilte Fiosrachadh Ullaichte A4 no aon dhuilleag shìngilte Fiosrachadh Ullaichte A3)
- ◆ gun taic sam bith fhaighinn bhon tìdear no òraidiche

Goireasan

Tro ìre an rannsachaidh chan eil cuingealachadh sam bith air na goireasan air am faod tagraichean cothrom fhaighinn.

Aig an ìre mu dheireadh de fhoillseachadh fianais, cha bu chòir cothrom a bhith aig tagraichean ach a-mhàin air na goireasan comharraichte (fiosrachadh ullaichte). 'S e tha seo ach stuth a chaidh a thional is fhoillseachadh aig ìre an rannsachaidh air suas ri dà dhuilleag shìngilte A4 no aon dhuilleag shìngilte A3.

Cuideachadh reusanta

Feumaidh tagraichean am measadh a ghabhail os làimh gu neo-eisimeileach. Ach faodaidh cuideachadh reusanta a thoirt seachad aig ìre an rannsachaidh agus mus tèid fianais fhoillseachadh. Tha an abairt 'cuideachadh reusanta' ga chleachdadh gus feuchainn ri

cothromachadh a dhèanamh eadar feum air taic agus a bhith a' toirt cus taic seachad. Ma bhios tagraiche a' feumachadh barrachd air 'taic reusanta' 's dòcha nach eil iad deiseil airson measadh no gu bheilear air an cur a-steach gun ìre cheàrr de theisteanas.

Faodaidh cuideachadh reusanta a thoirt seachad air bunait choitcheann dha clas no dha buidheann thagraichean, me comhairle mu bhith a' leasachadh plana pròiseict. Faodar cuideachd a thoirt dha tagraichean fa leth

Nuair a tha cuideachadh reusanta air a thoirt dha tagraichean fa leth ann an co-theacsa ri rudeigin a tha an tagraiche air a dhèanamh no a thaisbeanadh roimhe tha cunnart ann gum bi e na chuideachadh airson measadh. Feumaidh tidsearan/òraidichean a bhith mothachail nach tèid seo thairis air cuideachadh reusanta.

Aig ìre an rannsachaidh, faodaidh cuideachadh reusanta gabhail a-steach:

- ◆ a' treòrachadh thagraichean gu stiùireadh dha tagraichean
- ◆ a' soilleireachadh stiùireadh/riatanasan na h-obrach
- ◆ a' toirt comhairle dha tagraichean mu roghainn cuspair no cùise
- ◆ a' toirt comhairle dhaibh mu stòran fiosrachaidh a dh'fhaodte cleachdadh
- ◆ a' cur tursan air dòigh, nam measg obair làraich, airson fianais a thional
- ◆ sgrùdadh eadar-amail air adhartas

Ann a bhith ag ullachadh airson ìre foillseachaidh fianais faodaidh cuideachadh reusanta gabhail a-steach:

- ◆ comhairle dha tagraichean mu nàdar is tomad ghoireasan comharraichte a dh'fhaodar a chleachdadh gus taic a chur ri foillseachadh fianais

Aig ìre sam bith chan eil cuideachadh reusanta a' gabhail a-steach a bhith:

- ◆ a' toirt seachad a' chuspair no a' chùis
- ◆ a' stiùireadh thagraichean gu goireasan sònraichte
- ◆ a' toirt seachad sampail de fhreagairtean
- ◆ a' toirt fios air ais seachad mu dhreachan, a' gabhail a-steach comharrachadh

Fianais ri thional

Tha feum air an fhianais a leanas airson a' mheasaidh seo:

- ◆ Fiosrachadh Ullaichte (dà dhuilleag shingilte A4 no aon dhuilleag shingilte A3)
- ◆ fianais an tagraiche a chaidh a dhèanamh fo ìre àrd de fhaire

Mura cuir tagraiche a-steach Fiosrachadh Ullaichte, thèid 4 comharran dhen 20 a thoirt air falbh mar pheanas.

Meud

Chan eil àireamh fhaclan comharraichte ann.

Rangachadh

Tha am bann iomlan a gheibh tagraichean a rèir mar a choilean iad thairis air measadh a' chùrsa. Tha measadh a' chùrsa rangaichte bho A–D air bunait a' chomharra iomlan airson measadh gach eileamaid den chùrsa.

Tuairisgeul bann C

Airson bann C, bidh tagraichean air coileanadh soirbheachail fhoillseachadh an co-cheangal ri na sgilean, ris an eòlas is tuigse airson a' chùrsa.

Tuairisgeul bann A

Airson bann A a choileanadh bidh tagraichean air ìre chunbhalach àrd de choileanadh fhoillseachadh an co-cheangal ri na sgilean, ris an eòlas is tuigse airson a' chùrsa.

Co-ionannachd is in-ghabhaltas

Tha an cùrsa seo deilbhte airson a bhith cho cothromach is cho ruigsinneach 's a ghabhas is gun bhacaidhean neo-riatanach sam bith air ionnsachadh no measadh.

Airson stiùireadh mu òrdachadh measaidh dha tagraichean ciorramach agus/no feadhainn le feuman taic a bharrachd, lean an ceangal gu duilleag-lìn nan rèiteachaidhean measaidh:

www.sqa.org.uk/assessmentarrangements

Fiosrachadh a bharrachd

Tha na sgrìobhainnean fiosrachaidh a' tabhann fiosrachadh feumail is bun-fhiosrachadh.

- ◆ [National 5 Geography subject page](#)
- ◆ [Assessment arrangements web page](#)
- ◆ [Building the Curriculum 3–5](#)
- ◆ [Design Principles for National Courses](#)
- ◆ [Guide to Assessment](#)
- ◆ [SCQF Framework and SCQF level descriptors](#)
- ◆ [SCQF Handbook](#)
- ◆ [SQA Skills Framework: Skills for Learning, Skills for Life and Skills for Work](#)
- ◆ [Coursework Authenticity: A Guide for Teachers and Lecturers](#)
- ◆ [Educational Research Reports](#)
- ◆ [SQA Guidelines on e-assessment for Schools](#)
- ◆ [SQA e-assessment web page](#)

Pàipear-taice: notaichean taic a' chùrsa

Ro-ràdh

Chan eil na notaichean taic sin riatanach. Tha iad a' toirt seachad comhairle is stiùireadh dha tidsearan is òraidichean mu dhòighean airson an cùrsa a libhrigeadh. Bu chòir an leughadh an co-cheangal ri sònrachadh a' chùrsa seo agus ris an t-sampall phàipear cheistean agus/no ri obair a' chùrsa.

A' leasachadh sgilean, eòlas is tuigse

Tha an earrann seo a' toirt seachad tuilleadh comhairle is stiùireadh mu sgilean, eòlas is tuigse a dh'fhaodadh a bhith air an gabhail a-steach sa chùrsa. Bu chòir dha tidsearan is òraidichean sealltainn ri sònrachadh a' chùrsa airson sgilean, eòlas is tuigse a th' ann am measadh a' chùrsa. Tha mòran sùbailteachd aig luchd-dealbhachaidh a' chùrsa airson co-theacsaidhean soilleir a thaghadh a bheir brosnachadh is dùbhlàn do an tagraichean, a' tabhann an dà chuid farsaingeachd is doimhneachd.

Tha an cùrsa airson leasachadh a dhèanamh air na sgilean uile air an deach geàrr-iomradh a dhèanamh san t-sònrachadh cùrsa seo. Far an gabh sin a dhèanamh bu chòir na sgilean an leasachadh is an cleachdadh thairis air na h-earrannan air fad. Faodaidh sgilean a mheasadh ann am pàirt sam bith de phàipear nan ceistean agus anns an obair shònraichte cruinn-eòlais.

Faodar na sgilean a leanas a theagasg ann an earrainn sam bith den chùrsa:

- ◆ sgilean mapa, a' gabhail a-steach cleachdadh air mapaichean Suirbhuidh Òrdanais
- ◆ sgilean rannsachaidh, a' gabhail a-steach obair-làraich
- ◆ cleachdadh fiosrachadh àireamhachail is grafaigeach

Bhiodh e na bhuannachd sgilean àireamhachail is grafaigeach a leasachadh tro chuspair no chùis bho thaobh a-staigh, an dà chuid, àrainneachdan daonna agus earrannan mu chùisean cruinneil. Mar eisimpleir, san earrainn air àrainneachdan daonna, a' cleachdadh fiosrachadh àireamhachail is grafaigeach gus coimeas a dhèanamh eadar taisbeanairean bho dhùthchannan leasaichte is fo leasachadh, agus anns an earrainn air cùisean cruinneil coimeas a dhèanamh air buaidh crith-thalmhainn air a' cheàrnaidh mu chuairt. San aon dòigh bu chòir sgilean mapa a leasachadh an dà chuid, taobh a-staigh àrainneachdan daonna agus earrannan nan àrainneachdan fiosaigeach.

Anns an earrainn air àrainneachdan fiosaigeach tha tuigse mu shiostaman aimsire san RA ag àrdachadh tuigse mu chùisean cruinneil leithid atharrachadh gnàth-shìde. San aon dòigh, faodaidh sgrùdadh mu chùisean co-cheangailte ri àrainneachdan daonna leithid leasachadh is slàinte àrdachadh fhaighinn bho sgrùdadh air cùisean co-cheangailte ri àrainneachd daonna leithid àireamh-sluaigh.

Tha ionnsachadh mu Alba is mu chultar na h-Alba ag àrdachadh eòlas ionnsachaidh thagraichean agus a' cuideachadh le leasachadh sgilean airson ionnsachadh, beatha is obair.

Far a bheil cothroman ann airson dòighean ionnsachaidh is teagaisg a chur ann an co-theacsaichean Albannach bu chòir dha tidsearan is òraidichean sin a dhèanamh.

Faodar obair bhuidhnean a chleachdadh taobh a-staigh earrannan den chùrsa far a bheil e feumail samhachadh a dhèanamh air suidheachaidhean fìor, obair a roinn agus sgilean sgioba a thoirt air adhart.

Dòighean ionnsachaidh, teagaisg is measaidh

Tha cùrsa Nàiseanta 5 ann an Cruinn-eòlas na sgrùdadh air eadar-obrachadh phròiseasan fiosaiseach is daonna air cuspairean is cùisean cruinn-eòlasach. Tha cothroman ann tron chùrsa ionnsachadh a dhaingneachadh is a neartachadh le bhith a' dèanamh cheanglaichean eadar feartan eòlais is tuigse thairis air roinnean a rèir dè na cuspairean, na cùisean is na co-theacsaichean sònraichte a chaidh a sgrùdadh.

Chan eil òrdugh teagaisg sam bith air a mholadh airson a' chùrsa seo. Ach bu chòir dha cothrom a bhith aig tagraichean raon chuspairean a sgrùdadh mus tagh iad cuspair no cùis ann an cruinn-eòlas airson na h-obrach shònraichte aca. Bu chòir leasachadh sgilean a bhith na phàirt de theagasg is ionnsachadh bhon fhìor thoiseach airson cuideachadh a thoirt dha tagraichean an sgilean a thogail mean air mhean tron chùrsa.

Bidh tagraichean ag ionnsachadh ann an dòigh nas fheàrr nuair:

- ◆ a thuigeas iad gu soilleir dè tha iad a' feuchainn ri ionnsachadh, agus dè a tha air a shùileachadh bhuapa
- ◆ a thèid fios air ais a thoirt dhaibh mu chàileachd an cuid obrach agus mu dè a dh'fhaodas iad a dhèanamh airson a leasachadh
- ◆ a thèid comhairle a thoirt dhaibh mu bhith a' dèanamh leasachaidhean agus nuair a tha iad an sàs ann an co-dhùnadh mu dè an ath rud a dh'fheumas iad a dhèanamh
- ◆ a tha fios aca cò a dh'fhaodas an cuideachadh ma bhios feum aca air

Bu chòir dha tidsearan is òraidichean:

- ◆ ionnsachadh neo-eisimeileach a bhrosnachadh is a chuideachadh
- ◆ tagraichean a chuideachadh ann an tuigsinn riatanasan a' chùrsa le bhith a' roinn shlatan-tomhais ionnsachaidh/measaidh
- ◆ fios air ais èifeachdach a lìbhrigeadh
- ◆ tagraichean a bhrosnachadh gus na h-amasan ionnsachaidh aca fhèin a shuidheachadh
- ◆ tagraichean a bhrosnachadh gus measadh a dhèanamh air na th' aca de dh'eòlas
- ◆ fèin-luachadh is luachadh chomhaoisean a bhrosnachadh
- ◆ ceasnachadh èifeachdach a dhèanamh a' cleachdadh sàr cheasnachadh nuair a tha sin iomchaidh

Cuidichidh measadh airson adhbharan cruthachail coileanadh àrdachadh le bhith:

- ◆ a' toirt fios air ais
- ◆ a' clàradh adhartas

- ◆ a' comharrachadh neartan thagraichean agus roinnean a tha a' cur feum air leasachadh

Tha trì roinnean sgrùdaidh ann an cùrsa Nàiseanta 5 ann an Cruinn-eòlas:

- ◆ Cruinn-eòlas: àrainneachdan fiosaigeach
- ◆ Cruinn-eòlas: àrainneachdan daonna
- ◆ Cruinn-eòlas: cùisean cruinneil

Cruinn-eòlas: àrainneachdan fiosaigeach

Tha molaidhean is eisimpleirean san earrainn seo mu mar as còir dèiligeadh ri ionnsachadh is teagasg anns an earrainn air àrainneachdan fiosaigeach.

Pearsanachadh, roghainn is in-ghabhaltas

Tha ceithir seòrsaichean de dhealbhan-tìre air an comharrachadh, is bu chòir dhà dhiubh sin a thaghadh airson ionnsachadh is teagasg. Tha seo a' toirt cothrom airson ìre de phearsanachadh is roghainn. Bu chòir dha ionadan taghadh a dhèanamh an dara cuid eadar àrd-thalamh eighichte agus dealbhan-tìre costail, no clach-aoil àrd-thalamh, agus aibhnichean is na glinn aca.

Tha fòcas na Rìoghachd Aonaichte a' toirt tuilleadh roghainn tro na roinnean de chùisean sgrùdaidh a th' air an cleachdadh.

Tha pearsanachadh is roghainn nam prìomh eileamaidean den chùrsa seo. Faodar tlachd is dealas don chuspair àrdachadh le bhith a' toirt saorsa dha na tagraichean fhèin an cruth-tìre agus/no cùisean sgrùdaidh a thaghadh. Le bhith a' cleachdadh ro-innleachdan ionnsachaidh is teagaisg leithid ionnsachadh co-obrachail, tha e comasach dha clas singilte diofar sheòrsaichean de dhealbhan-tìre a rannsachadh gu neo-eisimeileach is an uair sin a dhol an sàs ann an ionnsachadh còmhla ri co-aoisean.

Beachdachaidhean airson teagasg is ionnsachadh

Tha an earrann seo a' tabhann chuspairean air am faodte beachdachadh nuair a thathas a' planadh libhrigeadh na h-earrainne air àrainneachdan fiosaigeach:

- ◆ a' taghadh seòrsaichean de dhealbhan-tìre
- ◆ a' gabhail a-steach saidheans Talmhainn bunaiteach
- ◆ a' chùis airson obair-làraich
- ◆ comharrachadh ghoireasan is bhuidhnean buntainneach

A' taghadh seòrsaichean dealbh-tìre

Bu chòir dha ionadan beachdachadh ciamar a b' fheàrr comharrachadh a dhèanamh air an dà sheòrsa dealbh-tìre a tha rin sgrùdadh:

- ◆ àrd-thalamh eighichte
- ◆ dealbhan-tìre costail
- ◆ clach-aoil àrd-thalamh
- ◆ aibhnichean is na glinn aca

Airson pàipear nan ceistean ann an sònrachadh cùrsa Nàiseanta 5 tha dealbhan-tìre air an cur còmhla ann an dà phaidhir. Bu chòir dha ionadan **dà** sheòrsa dealbh-tìre a thaghadh bho, **an dara cuid**:

- ◆ àrd-thalamh eighichte agus dealbhan-tìre costail
- no**
- ◆ clach-aoil àrd-thalamh, agus aibhnichean is na glinn aca

Le planadh faiceallach faodaidh e a bhith comasach barrachd air aon seòrsa cruth-tìre a sgrùdadh ann an clas, mar eisimpleir le bhith a' filleadh sgrùdadh air cruth-tìre a bharrachd a-steach dhan obair shònraichte. Dh'fhaodadh an dòigh seo pearsanachadh is roghainn àrdachadh a thuilleadh air irean tlachd thagraichean

A' gabhail a-steach saidheans Talmhainn bunaiteach

Tha tuigse thagraichean mu sheòrsaichean de dhealbhan-tìre air àrdachadh tro thuigse mu shaidheans Talmhainn aig ìre iomchaidh.

- ◆ Le àrd-thalamh eighichte tha e riatanach gun tuig tagraichean:
 - Atharrachadh gnàth-shìde ann an amannan eigheadail agus amannan eadar-eigheadail
 - Buaidh na h-aimsire air a' dhealbh-tìre (leithid aimsir le sìde-chaitheamh reothadh agus aiteamh)
- ◆ Le dealbhan-tìre costail feumaidh tagraichean tuigsinn:
 - buaidh an t-seòrsa chreagan (agus cruas) air cruthachadh cruthan-talmhainn
 - buaidh strata geòlasach air cruth is cumadh bhearraidhean
- ◆ Le clach-aoil àrd-thalamh feumaidh tagraichean tuigsinn:
 - rangachadh creige (dè a th' ann an creag ghrùideach?)
 - cumadh chloich-aoil charbonach ann an uisgeachan tropaigeach ao-domhainn
 - buaidh bleith eigheadail ann an rùsgadh chlach-aoil gu crìonadh
 - crìonadh dealbh-tìre (leithid sìde-chaitheamh reothadh agus aiteamh)
- ◆ Le aibhnichean is na glinn aca feumaidh tagraichean tuigsinn:
 - mar a bhios diofar ghnèithean chreagan a' bleith
 - buaidh cruas chreagan air cumadh tìre

Ged a dh'fhaodas na cuspairean sin faireachdainn dùbhlanaich an toiseach tha na prìomh shlatan-tomhais fillte a-staigh sa chuid mhòr den teagasg air saidheans Talmhainn a th' air a libhrigeadh an-dràsta aig àrd-ìre na bun-sgoile agus ìre ìosal na h-àrd-sgoile.

Tha gabhail a-steach feartan de shaidheans Talmhainn cuideachd a' cur taic ri làn ionnsachadh nuair a thathas a' beachdachadh air na cuspairean airson earrann nan cùisean cruinneil. Ma tha tidsearan is òraidichean a' beachdachadh air cuspairean a libhrigeadh mu atharrachadh gnàth-shìde no gu sònraichte gàbhaidhean àrainneachdail bidh teagasg mu shaidheans bunaiteach Talmhainn buannachdail is cuideachail.

A' chùis airson obair-làraich

Faodar obair-làraich fhaicinn mar phrìomh eileamaid de dh'ionnsachadh ann an cruinn-eòlas. Faodar a chleachdadh airson sgilean mapa a dhaingneachadh, sgilean rannsachaidh neo-eisimeileach a thogail agus tuigse thagraichean mu dhealbhan-tìre agus aimsir san Rìoghachd Aonaichte a leudachadh.

Bu chòir obair-làraich fhaicinn taobh a-staigh co-theacsa ionnsachaidh a-muigh (OL). Dh'fhaodadh tidsearan is òraidichean beachdachadh air obair-làraich aig raon de dh'ìrean; bho àrainneachd fhaisg na sgoile a ghabhas ruighinn taobh a-staigh clàr-ama àbhaisteach.

an teagaisg, gu cuairtean latha ionadail agus cothroman còmhnaidheach ann an Alba agus san Rìoghachd Aonaichte.

Aig ìre sam bith tha cothroman air obair-làraich nan dòigh chumhachdach air na ceithir comasan a thogail a-steach dhan churraicealam. Tha goireasan Ionnsachaidh A-muigh Foghlam na h-Alba nan sàr àite tòiseachaidh airson cùisean coitcheann ionnsachaidh agus teagaisg a-muigh a rannsachadh. Tha ceangal ainmichte OL aig a' chuid mhòr de dh'ùghdarrasan ionadail a bheir seachad comhairle no molaidhean ionadail.

Tha a' chùis airson obair-làraich eadhon nas làidire aig Nàiseanta 5 dha tagraichean a tha an dùil a dhol air adhart gu cùrsaichean Àrd-Ìre agus Àrd-Ìre Adhartach ann an Cruinn-eòlas. Tha sgilean agus eòlas mu bhith a' tionail sàr dhàta gu sàbhailte aig ìre thràth ann am foghlam cruinn-eòlais a' toirt dhaibh an cothrom as fheàrr a th' ann gus adhartas a dhèanamh sa chuspair.

Goireasan is buidhnean a th' air am moladh

Tha an earrann seo a' toirt fiosrachadh seachad mu bhuidhnean is stòran fiosrachaidh a dh'fhaodas a bhith feumail dha tidsearan is òraidichean airson ionnsachadh, teagasg is measadh ann an Nàiseanta 5 Cruinn-eòlas agus thairis air.

Pàircean nàiseanta na RA

Tha eisimpleirean a' gabhail a-steach:

- ◆ Pàirce Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh
- ◆ Pàirce Nàiseanta Loch Laomainn agus nan Trosaichean
- ◆ Pàirce Nàiseanta Glinn Siorrachd Iorc

Tha pàircean nàiseanta na h-Alba le chèile air a bhith ag obair gu dlùth le Tearmainn Nàdair Nàiseanta agus Foghlam Alba airson goireasan ullachadh dha sgoiltean na h-Alba.

Airson dealbhan-tìre air clach-aoil àrd-thalamh dh'fhaodadh Ùghdarras Pàirce Nàiseanta Glinn Siorrachd Iorc a bhith gu sònraichte feumail dha tidsearan is òraidichean.

Geo-phàircean

'S e tìrean le dualchas Talmhainn air leth airson leasachadh seasmhach a chur air adhart, a th' ann an geo-phàircean. Aig an àm seo tha dhà ann an Alba agus feadhainn eile ann an Sasann, sa Chuimrigh agus ann an Èirinn a Tuath:

- ◆ Geo-phàirc Iar Thuath na Gàidhealtachd
- ◆ Geo-phàirc Shealtainn
- ◆ Lìonra Geo-phàircean na h-Eòrpa

Buidhnean eile a dh'fhaodas ionnsachadh ann an cruinn-eòlas a dhaingneachadh

Tha iomadh buidheann taobh a-muigh sgoiltean agus colaistean a tha dealasach gus cuideachadh a libhrigeadh le foghlam mu chleachdadh fearainn. Tha roinn nan àrainneachdan fiosaigeach a' tabhann deagh chothroman obrachadh le buidhnean bhon

taobh a-muigh a tha a' cur taic ris a' churraicealam. Ann an cuid de shuidheachaidhean dh'fhaodadh ùidh a bhith aig na buidhnean sin tadhal air sgoiltean is colaistean.

Anns an liosta seo tha cuid de na buidhnean a dh'fhaodadh sealladh fìor a thabhnann air cùisean co-cheangailte ri cleachdadh fearainn, strì is rianachd:

- ◆ Comann Rìoghail airson Dion nan Eun - carthannas agus prìomh uachdaran Albannach
- ◆ Dualchas Nàdair na h-Alba — buidheann riaghaltais le dleastanas airson mòran chùisean dùthchail
- ◆ Urras John Muir — carthannas is uachdaran
- ◆ BP — companaidh lùtha cruinneil le raon de stuthan oideachail

Seo stòran fiosrachaidh eile a dh'fhaodadh taic a thoirt dha ionnsachadh:

- ◆ Foghlam Alba: Ionnsachadh A-muigh
- ◆ Smaoineachadh tro Chruinn-eòlas (airson gnìomhan sgìlean smaoinichaidh)
- ◆ Suirbhìdh Geòlais Bhreatainn
- ◆ Comann Geòlasach— stuthan foghlaim cùrsa creige
- ◆ Geobus — pròiseact coimhearsnachd Oilthigh Chill Rìmhinn

Chan e na liostaichean gu h-àrd a-mhàin a th' ann. Mar as trice 's e buidhnean ionadail as freagarraiche.

Cruinn-eòlas: àrainneachdan daonna

Tha an earrann seo a' tabhnann mholaidhean is eisimpleirean mu dhòighean air dèiligeadh ri ionnsachadh is teagasg anns an earrainn air àrainneachdan daonna.

Faodaidh tagraichean, tidsearan is òraidichean taghadh bho caochladh chùisean sgrùdaidh mu dhùthchannan leasaichte is fo leasachadh. Tha mòran cothroman ann dha ionadan tagraichean a chur an sàs ann an obair-làraich a tha buntainneach don chùrsa. Faodaidh cothroman a bhith ann airson obair-làraich san sgìre ionadail no mar phàirt de thuras foghlaim.

Tha mòran dhòighean eadar-dhealaichte ann airson earrann nan àrainneachdan daonna a libhrigeadh agus bu chòir dha ionadan an libhrigeadh a dhèanamh ann an dòigh a tha freagarrach dha am feuman ionadail.

Pearsanachadh, roghainn is in-ghabhaltas

Tha pearsanachadh is roghainn nam prìomh eileamaidean den chùrsa seo. Le bhith toirt saorsa dha tagraichean roinnean airson cùisean sgrùdaidh a thaghadh faodaidh an tlachd is an dealas airson a' chuspair a mheudachadh. Le a bhith a' cleachdadh ro-innleachdan ionnsachaidh is teagasg, leithid ionnsachadh co-obrachail, tha cothrom ann dha aon chlas diofar chùisean sgrùdaidh a rannsachadh gu neo-eisimeileach, agus an uair sin a dhol an sàs ann an ionnsachadh còmhla ri co-aoisean. Chuireadh an stoidhle seo taic ri measadh brioghmhor de dh'eòlas is tuigse thagraichean a thuilleadh air a bhith a' gabhail a-steach nan ceithir cuspairean.

Beachdachaidhean airson teagasg is ionnsachadh

Tha an earrann seo a' beachdachadh air factaran a dh'fhaodadh a bhith buntainneach nuair a thathas a' planadh earrann nan àrainneachdan daonna a libhrigeadh.

A' taghadh chùisean sgrùdaidh

Bu chòir dha tidsearan is òraidichean beachdachadh mun dòigh as fheàrr air cùisean sgrùdaidh a chomharrachadh, mar eisimpleir a' taghadh baile mòr fo leasachadh san t-saoghal airson cùisean co-cheangailte ri tuineachaidhean taigheadais neo-fhoirmeil a sgrùdadh. Bu chòir dha tidsearan is òraidichean a bhith a' cuimseachadh air cùisean sgrùdaidh a tha inntinneach dha tagraichean aig ìre Nàiseanta 5 agus far a bheil goireasan ri fhaighinn.

Obair-làraich

Bu chòir obair-làraich fhaicinn mar phrìomh eileamaid de ionnsachadh ann an cruinn-eòlas. Faodar a chleachdadh gus sgilean mapa a dhaingneachadh, sgilean rannsachaidh neo-eisimeileach a thogail agus tuigse thagraichean mu àrainneachdan cruinn-eòlasach a mheudachadh.

Tha am pàirt mu chruinn-eòlas bailteil ann an àrainneachdan daonna a' tabhann deagh chothroman airson obair-làraich a dh'fhaodas a bhith ruigsinneach agus furasta gu leòr. Dh'fhaodadh sgrùdadh air raon buaidh, coimeasan air raointean bailteil agus cleachdadh tàr-earrannan bailteil mar eisimpleir, cuideachadh ach chan ann dìreach airson daingneachadh a dhèanamh air na sgilean, an eòlas 's an tuigse a tha riatanach aig Nàiseanta 5, ach cuideachd cothrom a thoirt dàta a thional airson a chleachdadh san obair shònraichte.

Goireasan is buidhnean a th' air am moladh

Tha an liosta gu h-ìosal ag ainmeachadh cuid de na buidhnean/ceanglaichean a dh'fhaodadh sealladh fìor a thoirt air cùisean de leasachadh daonna; sgaoileadh sluaigh is atharrachadh; cleachdadh fearainn agus atharrachadh ann an sgìrean bailteil; agus mìneachaidhean mu chleachdadh fearainn is atharrachaidhean ann an sgìrean dùthchail. Ann an cuid de shuidheachaidhean dh'fhaodadh gum biodh ùidh aig na buidhnean sin a bhith a' tadhal air ionadan:

- ◆ British Red Cross
- ◆ National Geographic
- ◆ BBC Learning Scotland
- ◆ Oxfam UK
- ◆ Education Scotland: Outdoor Learning
- ◆ UK Census Bureau/Scotland's Census Online
- ◆ Traidcraft
- ◆ Fairtrade Foundation
- ◆ Practical Action

Sgrùdadh is rannsachadh pearsanta

Faodaidh tagraichean obair-làraich phearsanta a chleachdadh gus sgrùdadh a dhèanamh air cuspair sònraichte leithid atharrachadh ann an cleachdadh fearainn san sgìre ionadail. Tha cothroman ann airson ionnsachadh co-obrachail le obair shònraichte aig gach ball den bhuidhinn san sgrùdadh.

Taisbeanaidhean lèir-chlaisteach

Tha iomadh criomag ri fhaighinn air-loidhne gus prìomh phuingeann a' chùrsa a shealltainn, gu h-àraidh nuair a thathas a' sgrùdadh chùisean ann an dùthchannan fo leasachadh. Tha cothroman ann airson ionnsachadh co-obrachail fhad 's a thathas a' sealltainn ri taisbeanaidhean lèir-chlaisteach oir dh'fhaodadh gach buidheann notaichean airson taisbeanadh sònraichte a ghabhail. Dh'fhaodadh seo a bhith ann an cruth 'cuairteachan rannsachaidh' le grunn bhuidhnean a' coimhead ri caochladh thaisbeanaidhean mus roinn iad an toraidhean. Bheireadh an t-seòrsa rannsachaidh seo cothrom barrachd air aon chùis sgrùdaidh a rannsachadh le clas agus bhiodh e na dheagh ghnìomh co-obrachail.

Puingean ro-stèidhichte

- ◆ A' cruth-atharrachadh prìomh àite gnìomhachais — Liverpool agus Randstad:
 - Tha dà chùis sgrùdaidh anns an Roinn Eòrpa sa phrògram bhidio seo: *Liverpool: A Tale of Two Cities* agus *Randstad: Preserving the Green Heart*. Tha baile mòr Liverpool ann an Sasainn agus an ceàrn prìomh-bhailteach ann an Randstad san Òlaind ceangailte ri chèile tro chuspairean coitcheann de nuadhachd, giùlan is malairt, a thuilleadh air cùisean càileachd beatha.
- ◆ Iom-sgaraidhean dùthchail is bailteil — Delhi agus Dikhatpura:
 - Anns a' phrògram bhidio seo tha dà chùis sgrùdaidh mu na h-Innseachan ann an roinn Aisia a Deas: *Delhi: Bursting at the Seams* agus *Dikhatpura: Help Through Irrigation*.
- ◆ A' clàradh gluasad choisichean le fònaichean-làimhe agus Google Earth:
 - Faodaidh tagraichean comharran-clèithe a chleachdadh gus lorg fhaighinn air puingeann ro-stèidhichte ann an ceàrnaidh dùthchail. Clàraidh iad an uair sin sruthan choisichean agus cleachdaidh iad am fònaichean làimhe airson am fiosrachadh a theacsadh air ais gu àite meadhanach. Thathas a' cleachdadh an dàta gus sruthan air Google Earth a lorg, no faodaidh siostaman cruinn-eòlais a tha an-asgaidh air-loidhne a chleachdadh gus mapaichean làraich 3D a chruthachadh. 'S e fìor dheagh chothrom eile a tha seo airson ionnsachadh co-obrachail. Tha an làrach-lìn, Geography Teaching Today, a' tabhann stiùireadh leudaichte.

Deagh obair phractaigeach

Tha tagraichean a' faighinn buannachd bho bhith a' ruith thairis agus a' cleachdadh ro-innleachdan cruinn-eòlasach leithid leughadh mhapaichean gu tric.

Ann an earrainn nan àrainneachdan daonna, bu chòir comas a bhith aig tagraichean fiosrachadh a mhìneachadh, a thional is a thaisbeanadh bho mhapaichean is bho chaochladh stòran eile, leithid togail is giullachd phioramaidean de dh'àireamh sluaigh.

Cleachdadh teicneòlas fiosrachaidh is conaltraidh (ICT)

- ◆ Tha mòran làraichean-lìn ann a tha feumail dha tagraichean is luchd-foghlaim me tha BBC Scotland Learning a' toirt cothrom dha tagraichean sgrùdadh a dhèanamh aig an astar fhèin.
- ◆ Tha prògraman le mapaichean eadar-obrachail ann a bheir cothrom dha tagraichean àrainneachdan daonna a rannsachadh bhon rùm-teagaisg, me Google Earth.
- ◆ Tha làraichean-lìn fìor mhath ann airson rannsachadh a dhèanamh air diofaran is ionannachdan ann an cùisean bunaiteach leasachaidh eadar dùthchannan leasaichte is fo leasachadh, me BBC Education, Cyber School Bus, GCSE Bitesize, World Bank, Scotland's Census.

Sgilean smaoineachaidh

Tha mòran ghoireasan air-loidhne le dòighean cleachdaichte is dearbhte airson sgilean smaoineachaidh a bhrosnachadh ann an cruinn-eòlas. Tha na buidhnean a leanas a' tabhann ghnìomhan le diomhaireachdan buntainneach airson àrainneachdan daonna: Staffordshire Teachers of Geography agus Geography Teaching Today.

Tha diomhaireachdan a' toirt cothrom dha tagraichean cuimseachadh air ceist no sealladh sònraichte, le fiosrachadh buntainneach is neo-bhuntainneach air a thoirt dhaibh gus an tig iad gu co-dhùnadh mu fhreagairt no gnìomhachadh. Mar eisimpleir, san earrainn air àrainneachdan daonna, faodar cairtean a thoirt dha tagraichean le fiosrachaidhean mu sgaoileadh sluaigh ann an dùthaich fo leasachadh agus iarraidh orra mìneachadh a thoirt seachad mun sgaoileadh sluaigh san dùthaich sin. Bidh adhbharan air cuid de na cairtean a' mìneachadh an sgaoilidh, bidh fiosrachadh neo-bhuntainneach air feadhainn eile. Feumaidh tagraichean obrachadh a-mach dè an fheadhainn a tha luachmhor dhaibh. Tha seo a' toirt cothrom dhaibh an sgilean reusanachaidh is luachaidh a leasachadh.

Tha grafaichean beò a' toirt cothrom dha tagraichean grafaichean teòiridheach mìnichte le fiosrachadh fìor a chruthachadh. Mar eisimpleir, faodar pioramaid sluaigh ann an dùthaich leasaichte is fo leasachadh a chruthachadh. An uair sin thèid cairtean beachd le fiosrachadh leithid 'tha sean-phàrantan gann' a thoirt dha gach tagraiche, càraid no buidheann. Feumaidh tagraichean an uair sin a thighinn gu co-dhùnadh càit an cuir iad am beachdan agus dè am pioramaid air an cuir iad sin mus fireanaich iad an roghainn. Tha seo a' toirt cothrom airson ionnsachadh co-obrachail.

Cruinn-eòlas: cùisean cruinneil

Tha an earrann seo a' toirt chothroman dha tagraichean fiosrachadh àireamhachail is grafaigeach a chleachdadh ann an co-theacsa chruinneil cruinn-eòlais agus tarraing bhon eòlas is an tuigse seo gus mìneachaidhean mionaideach a dhèanamh air **dà** chùis chruinneil, air an taghadh bho na cuspairean a leanas:

- ◆ atharrachadh gnàth-shìde
- ◆ roinnean nàdarra
- ◆ gàbhaidhean àrainneachdail
- ◆ malairt is cruinnealas
- ◆ turasachd

◆ slàinte

Tha taghadh nan cùisean an urra ris an ionad. Bu chòir cothrom a bhith aig tagraichean sgrùdadh a dhèanamh air raon stòran co-cheangailte ris a' chùis. Dh'fhaodadh mapaichean, diagraman, grafaichean, cairtean is fiosrachadh staitistearachd a bhith air a ghabhail a-steach an seo me clàr a' sealltainn na bh' ann de dhi-choillteachaidh sa cheud thairis air àm sònraichte; mapa a' sealltainn slighe stoirm air taobh tuath a' Chuain Shìair; no graf-loidhne a' sealltainn àireamh luchd-turais sa Ghrèig.

Dh'fhaodadh gum bithear a' sùileachadh gun toir tagraichean fiosrachadh às na stòran sin agus gun toir iad cunntas air na tha iad a' foillseachadh. Bu chòir dhaibh cuideachd a bhith misneachail a' sealltainn fiosrachadh mionaideach a' cleachdadh dhòighean taisbeanaidh àireamhachail is grafaigeach.

Bu chòir dha tagraichean cunntas a thoirt air dà chùis thaghte, a' geàrr-mhìneachadh adhbharan is buaidhean dhaoine air an àrainneachd.

| Atharrachadh gnàth-shìde | | |
|--|--|---|
| Cuspair an sgrùdaidh | Amasan | Stiùireadh |
| A' comharrachadh mar a tha gnàth-shìde na cruinne air atharrachadh bhon linn deighe mu dheireadh agus carson a tha seo na thrioblaid | <p>Tha tagraichean a' sgrùdadh fianais airson sealltainn mar a tha an gnàth-shìde air atharrachadh sna 10,000 bliadhna mu dheireadh.</p> <p>Bidh tagraichean a' comharrachadh na fianais gus sealltainn nach e rud ùr a th' ann an atharrachadh gnàth-shìde.</p> | <p>Faodar raon de fhianais aimsireil a sgrùdadh a' gabhail a-steach:</p> <ul style="list-style-type: none"> ◆ mion-sgrùdadh air eitean deighe airson atharrachadh fad-ùineach (mìltean bhliadhnaichean) a shealltainn ◆ clàraidhean eachdraidheil, eigh-shruthan a' tarraing air ais agus mion-sgrùdadh air cearcaill chraobhan airson barrachd atharrachaidh meadhan-ama a shealltainn (ceudan bhliadhnaichean) ◆ fianais nas fhaisge (deicheadan) airson atharrachaidhean ann an dàta gnàth-shìde, ìre na deighe, agus atharrachaidhean ann am bith-iomadachd fhoillseachadh <p>Tro mhìneachadh air fiosrachadh sìmplidh àireamhachail is grafaigeach bu chòir dha tagraichean cunntas mionaideach a thoirt air prìomh fheartan atharrachaidh gnàth-shìde.</p> |
| A' comharrachadh adhbharan airson atharrachadh cruinneil gnàth-shìde. | Bidh tagraichean a' toirt cunntasan mionaideach air adhbharan airson atharrachadh gnàth-shìde thairis air caochladh sgèilean bho atharrachadh fad-ùineach gu geàrr-ùineach. | <p>Bu chòir rannsachadh mionaideach a dhèanamh air atharrachadh fad-ùineach gnàth-shìde, a' gabhail a-steach nan caochlaidhean ann an reul-chuairt na Talmhainn, toradh na grèine agus sgaoilidhean bholcànach.</p> <p>Bu chòir rannsachadh mionaideach a dhèanamh air atharrachadh geàrr-ùineach gnàth-shìde, a' sealltainn ri sgaoilidhean àrdaichte de ghas taigh-glainne agus air a' bhuidh a tha gnìomhachd mheudaichte dhaonna a' toirt air an seo..</p> |

| Atharrachadh gnàth-shìde | | |
|---|---|--|
| Cuspair an sgrùdaidh | Amasan | Stiùireadh |
| <p>A' tuigsinn nam buaidhean a dh'fhaodadh atharrachadh cruinneil na gnàth-shìde a thoirt air daoine is an àrainneachd ann an diofar àiteachan.</p> | <p>Dh' fhaodadh tagraichean fianais a rannsachadh a fhuaras bho rannsachadh eadar-lìn mun bhuidh a dh' fhaodadh a bhith aig atharrachadh gnàth-shìde air daoine is an àrainneachd ann an diofar phàirtean den t-saoghal gus:</p> <ul style="list-style-type: none"> ◆ mineachaidhean mionaideach a thoirt seachad ◆ co-dhùnaidhean a ruighinn | <p>Eisimpleirean de thoraidhean rannsachaidh eadar-lìn agus goireasan feumail:</p> <ul style="list-style-type: none"> ◆ ìrean na mara ag èirigh ann an iomallan costail ann an dùthchannan fo leasachadh leithid Bangladesh, Philippines, Florida Keys agus the Great Barrier Reef; agus a' bhuidh a dh'fhaodadh seo a thoirt air an eaconamaidh is an àrainneachd Goireas feumail: Climate Change and Water in Bangladesh: information brief — IUCN ◆ Ro 2050, bithear an dùil ri tuinn-teasa san RA gach dàrna bliadhna Goireas feumail: Effects of climate change — Met Office ◆ Dh'fhaodadh gum bi fàs ann an galaran uisge, droch chàileachd àile, agus galaran air an giùlan le meanbh-fhrìdean agus creimich Goireas feumail: Climate change impacts — National Oceanic and Atmospheric Administration ◆ Ràithean-fàis nas fhaide ann an domhan-leudan nas fhaide tuath, mar eisimpleir, le 8 seachdainean ann an taobh a deas na Stàitean Aonaichte an Iar Goireas feumail: Global Climate Change: Vital Signs of the Planet — Facts, Effects — NASA ◆ Àireamh bhàsaichean ag èiridh agus cunnart theintean-caothaich nas àirde a thaobh tuinn-teasa ann an Ameireaga a Tuath Goireas feumail: Deaths surge in U.S. and Canada from worst heatwave on record ◆ Fàs ann an tachartasan dian-shìde mar stoirmean thropaigeach a' gineadh callaidhean eaconamach agus àrainneachdail nach fhacas riamh, mar eisimpleir, san sgìre |

| Atharrachadh gnàth-shìde | | |
|--------------------------|--------|---|
| Cuspair an sgrùdaidh | Amasan | Stiùireadh |
| | | <p>Caraibeach Goireas feumail: Impacts of Climate Change on Extreme Events in the Coastal and Marine Environments of Caribbean Small Island Developing States (SIDS) — CME (publishing.service.gov.uk)</p> <p>◆ Fosgladh shlighean malairt sa Chuan Artaigeach air sàilleabh leaghadh dheighe Goireas feumail: Future of the Sea: Implications from Opening Arctic Sea Routes</p> |

| Atharrachadh gnàth-shìde | | |
|--|--|--|
| Cuspair an sgrùdaidh | Amasan | Stiùireadh |
| A' tuigsinn dè a ghabhas dèanamh airson dèiligeadh ri cunnart bho atharrachadh cruinneil gnàth-shìde. | <p>Bidh tagraichean a' tabhann mìneachaidhean mionaideach de na ro-innleachdan a dh'fhaodar a chleachdadh gus dèiligeadh ri agus airson buaidh atharrachadh gnàth-shìde a lùghdachadh.</p> <p>Tha tagraichean a' tuigsinn gu bheil feum air ro-innleachd chruinneil gus dèiligeadh ri buaidh atharrachadh gnàth-shìde.</p> | <p>Bu chòir dha tagraichean tuigsinn na ghabhas a dhèanamh aig ìre ionadail agus le daoine fa leth, ie ath-chuartachadh stuthan dachaigh/lùghdachadh mìltean bidhe, agus a' dol an sàs ann an iomairtean ionadail leithid rothaireachd dhan sgoil.</p> <p>Ag ìre nàiseanta, dh'fhaodadh iad luach a chur ann an iomairtean riaghaltais mar àrdachadh ann an cìs rathaid air càraichean a tha a' cleachdadh cus gas, agus brosnachadh dha carbadan le sgaoilidhean ìosal agus dha dachaighean nach eil a' losgadh carbon.</p> <p>Aig ìre eadar-nàiseanta dh'fhaodadh iad tuigse fhoillseachadh de chùmhntan mu atharrachadh gnàth-shìde leithid Paris Climate Change Treaty (2015).</p> |
| A' comharrachadh is a' taghadh fiosrachadh sìmplidh àireamhachail is grafaigeach a ghabhas a chleachdadh gus na dùbhlain a shealltainn a tha atharrachadh gnàth-shìde air a chruthachadh mar chùis chruinneil a tha mu choinneamh an t-saoghail san 21mh linn. | Bidh tagraichean a' cleachdadh fiosrachadh àireamhachail is grafaigeach gus tuigse a shealltainn mu na h-adhbharan, mun bhuidh agus mu na ro-innleachdan a th' air an cleachdadh airson dèiligeadh ri atharrachadh gnàth-shìde. | Dh'fhaodadh tagraichean cunntas sgrìobhte a dhèanamh dha na Dùthchannan Aonaichte a tha a' mìneachadh gu mionaideach nan gabhaidhean a tha atharrachadh gnàth-shìde ag adhbhrachadh. |

| Roinnean nàdarra | | |
|---|--|---|
| Cuspair an sgrùdaidh | Amasan | Stiùireadh |
| A' comharrachadh nan teannachaidhean a chuir daoine mu choinneamh na Talmhainn san 21mh linn. | <p>Bidh tagraichean a' sgrùdadh fianais airson fiosrachadh bunaitich a tharraing às, a chomharraicheas diofar eisimpleirean de theannachadh àrainneachdail a tha daoine ag adhbhrachadh.</p> <p>Tha tagraichean a' sealltainn mar a tha àireamh-sluaigh an t-saoghail a' sìor fhàs gu bheil an sireadh cruinneil gus riarachadh a thoirt dha iarrtasan fàsail dhaoine, a' leantainn.</p> | <p>Dh'fhaodadh teòraidhean Mhalthus agus Bhoserup a thoirt a-steach airson an deasbad leantainneach mu chleachdadh ghoireasan a chomharrachadh.</p> <p>Bidh tagraichean a' tòiseachadh a comharrachadh an ceangail eadar ìrean nas àirde de chleachdadh daonna agus a' bhuidh dhìreach de mhì-bhuileachadh a th' anns an àrainneachd nàdarra.</p> <p>Tha tagraichean a' comharrachadh na fianais airson sealltainn gu bheil caitheamh daonna air na goireasan nàdarra (uisge, dealan, cinneasachadh bidhe) a' sìor fhàs, agus tro mhìneachadh air fiosrachadh simplidh àireamhachail is grafaigeach (dàta sòisio-eaconamach airson GDP nas àirde a shealltainn, cleachdadh lùth, caitheamh calaraidh, cleachdadh eadar-lìon, seilbh air càr) a' toirt cunntas air prìomh fheartan na cùise cruinneil seo.</p> |
| A' tuigsinn carson a tha daoine air teannachadh a bharrachd a chur air an Talamh | <p>Bidh tagraichean a' toirt mìneachaidhean goirid seachad a thaobh adhbharan airson meudachadh ann an iarrtas airson goireasan nàdarra.</p> <p>Bidh tagraichean a' sgrùdadh na cùise aig ìrean eadar-dhealaichte san t-saoghal leasaichte is fo leasachadh gus sealltainn gur e cùis chruinneil a th' ann agus nach eil seo co-cheangailte a-mhàin ris an t-saoghal leasaichte.</p> | <p>Bu chòir dha tagraichean cunntas goirid a thoirt seachad mu na h-adhbharan a bhios daoine a-nis a' dèanamh ana-caitheamh, leithid:</p> <ul style="list-style-type: none"> ◆ àrdachadh ann an àireamh sluaigh ◆ àrdachadh ann an teachd-a-steach cuidhteasail ◆ cothrom air teicneòlas ◆ beairteas/slàinte/fallaineachd nas fheàrr ◆ atharrachadh sòisealta ◆ dòchasan àrdaichte <p>Bu chòir dha tagraichean cunntas goirid a thoirt air a' bhuidh a tha eaconamaidhean ùra a' toirt air caitheamh meudaichte air goireasan, mar a tha a' tachairt ann an Sìona.</p> |

| Roinnean nàdarra | | |
|--|--|--|
| Cuspair an sgrùdaidh | Amasan | Stiùireadh |
| A' tuigsinn na buaidh a tha cleachdaidhean a tha ag atharrachadh a' toirt air goireasan na Talmhainn. | Tha tagraichean a' toirt tuairisgeulan is mineachaidhean goirid air a' bhuidh a dh'fhaodas àrdachadh ann an gnìomhan daonna a thoirt air an àrainneachd nàdarra ann an diofar àiteachan.. | Dh'fhaodadh tagraichean rannsachadh a dhèanamh ann am barrachd mionaideachd air na buaidhean a leanas gus sealltainn buaidhean gnìomhachd àrdaichte dhaonna air an àrainneachd nàdarra: <ul style="list-style-type: none"> ◆ Muir Aral a' dol à sealladh ◆ gainnead uisge ann an Iordan / UAE ◆ truailleadh uisge sa Chuan Shèimh ◆ di-choillteachaidh ann an Sumatra ◆ a' ghort a dh'adhbhraich daoine ann an taobh an Ear Afraga |
| A' comharrachadh mar a ghabhas dèiligeadh ri teannachaidhean àrainneachdail gus am buaidh air a' phlanaid a lùghdachadh. | Tha tagraichean a' toirt tuairisgeulan is mineachaidhean goirid seachad mu na ro-innleachdan a dh'fhaodar cleachdadh airson dèiligeadh le is buaidh mac an duine a lùghdachadh air an àrainneachd nàdarra. | Bu chòir dha tagraichean tuigsinn dè a ghabhas dèanamh aig ìre ionadail agus le daoine fa leth airson mì-bhuileachadh ghoireasan daonna a lùghdachadh, mar eisimpleir: <ul style="list-style-type: none"> ◆ ath-chuartachadh ◆ a' cumail sùil air cleachdadh carbon tro bhith a' tomhas lorgan-carboin ◆ a' lùghdachadh buaidh carboin ◆ a' cleachdadh stiùireadairean uisge san dachaigh ◆ mothachadh do mhìltean bidhe <p>Aig ìre nàiseanta bu chòir dha spèis a bhith aig tagraichean do dh'iomairtean riaghaltais is ùghdarrasan ionadail, mar eisimpleir:</p> <ul style="list-style-type: none"> ◆ cìs rathaid nas àirde air càraichean a tha a' dol ro luath ◆ brosnachaidhean airson carbadan le sgaoilidhean ìosal ◆ brosnachaidhean airson dachaighean gun charbon ◆ cleachdadh lùthan ath-nuadhachail ◆ brosnachaidhean airson sgaoilidhean carboin a lùghdachadh ◆ cruinneachadh lùghdaichte air sgudal airson ath-chuartachadh a bhrosnachadh |

| Roinnean nàdarra | | |
|---|---|---|
| Cuspair an sgrùdaidh | Amasan | Stiùireadh |
| <p>A' comharrachadh, a' taghadh is a' mìneachadh fiosrachadh simplidh àireamhachail is grafaigeach a ghabhas cleachdadh airson dùbhlain a chruthaich obair dhaoine fhoillseachadh mar chùis chruinneil a tha mu choinneamh an t-saoghail san 21mh linn.</p> | <p>Tha tagraichean a' taghadh aig a' char as lugha, aon phìos de dh'fhiosrachadh àireamhachail agus aon phìos de dh'fhiosrachadh grafaigeach a chaidh a dhèanamh/ath-dhèanamh is a thaisbeanadh gus tuigse thagraichean fhoillseachadh mu adhbharan, buaidh is ro-innleachdan a bha co-cheangailte ri bhith a' dèiligeadh ri buaidh mac an duine air an àrainneachd nàdarra</p> | <p>Dh'fhaodadh tagraichean taisbeanadh, a' toirt cunntas goirid air na gàbhaidhean a thig bho chaitheamh leantainneach daonna agus a tha a' cleachdadh fianais thaghte, a libhrigeadh às leth an riaghaltais.</p> |

| Gàbhaidhean àrainneachdail | | |
|---|--|--|
| Cuspair an sgrùdaidh | Amasan | Stiùireadh |
| <p>A' comharrachadh gàbhaidhean àrainneachdail agus carson a tha iad nan cùis chruinneil.</p> | <p>Bidh tagraichean a' sgrùdadh diofar ghàbhaidhean àrainneachdail agus càite, san t-saoghal, a bheil iad a' tachairt.</p> <p>Bu chòir fios a bhith aig tagraichean mun diofar eadar gàbhadh nàdarra is lèir-sgrìos nàdarra agus mar sin an ceangal ri daoine.</p> | <p>Dh'fhaodadh aithne a thoirt dha tagraichean air gàbhaidhean geo-chruthachail is eòlas-side:</p> <ul style="list-style-type: none"> ◆ Geo-chruthachail: <ul style="list-style-type: none"> — crithean-talmhainn — bholcànothan — maoimean-slèibhe ◆ Eòlas-side: <ul style="list-style-type: none"> — tuiltean — stoirmean tropaigeach — falasgairean — tart <p>A' cleachdadh mhapaichean sìmplidh, dh'fhaodadh tagraichean àiteachan far am bi gàbhaidhean a' tachairt a chomharrachadh, agus rannsachadh a dhèanamh air a' bheachd gu bheil àireamh-sluaigh àrdaichte a' cur barrachd dhaoine ann an cunnart bhuapa. Dh'fhaodadh tagraichean cuideachd faighinn a-mach a bheil ceangal eadar gàbhaidhean nàdarra agus ìre leasachaidh ann an dùthaich.</p> |

| Gàbhaidhean àrainneachdail | | |
|--|---|--|
| Cuspair an sgrùdaidh | Amasan | Stiùireadh |
| <p>A' tuigsinn dè tha ag adhbhrachadh ghàbhaidhean àrainneachdail agus carson a tha sin gan dèanamh nan cùis chruinneil..</p> | <p>Tha tagraichean a' tuigsinn gu bheil gàbhaidhean àrainneachdail a' toirt buaidh air daoine ann an diofar dhòighean is gu bheil iad a' tachairt ann an diofar àiteachan.</p> <p>Bu chòir tuigse a bhith aca air a' bhun-bheachd gum faodadh gàbhaidhean tachairt agus fios a bhith aca gur ann mar as motha a tha iad buailteach do chunnart (cho fosgailte 's a tha iad agus mar a bheir an ìre seo de dh'fhosgailteachd buaidh air an comas dèiligeadh ris), 's ann as dualtaiche a tha daoine gàbhadh àrainneachdail fhulang.</p> | <p>Bu chòir dha tagraichean mìneachaidhean mionaideach a thoirt seachad mu adhbharan airson gàbhaidhean àrainneachdail ann an dùthchannan leasaichte is fo leasachadh. Airson gach tachartais ainmichte, dh'fhaodadh tagraichean mìneachadh gu mionaideach nan adhbharan nàdarra airson a' ghàbhaidh àrainneachdail agus, far a bheil sin iomchaidh, rannsachadh a dhèanamh air ciamar a dh'fhaodadh gnìomhachd dhaoine a bhith a' cur ri na h-adhbharan sin.</p> |
| <p>A' tuigsinn carson a tha daoine a' fuireach ann an ceàrnaidhean far am faodadh gàbhadh àrainneachdail a bhith agus dè na gàbhaidhean a th' ann.</p> | <p>Bidh tagraichean a' toirt seachad mìneachaidhean mionaideach mun bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig gàbhadh ainmichte àrainneachdail air daoine, air an eaconamaidh is air an àrainneachd ann an diofar àiteachan.</p> <p>Bu chòir mothachadh a bhith aig tagraichean gun toir diofar ìrean so-leòntachd eadar daoine san t-saoghal leasaichte is fo leasachadh buaidh air na nithean sin, tha an saoghal as leasaichte a' fulang barrachd call eaconamach fhad 's a tha an saoghal fo leasachadh a' fulang ìre nas àirde de bhàsan.</p> | <p>Bu chòir dha tagraichean an diofar eadar grad-bhuaidh agus buaidh fad-ùineach fhaicinn agus eisimpleirean dhiubh sin a thoirt seachad nam mìneachaidhean.</p> <p>Tha e cudromach gun tèid aig tagraichean air comharrachadh a dhèanamh air na nithean a tha a' toirt buaidh dhìreach air daoine, me call beatha, dochann is a bhith gun dachaigh; buaidhean eaconamach, me call obraichean, sgrios gnothachais agus buaidh air malairt; a thuilleadh air buaidh àrainneachdail, call àrainnean agus sgrios.</p> |

| Gàbhaidhean àrainneachdail | | |
|--|--|--|
| Cuspair an sgrùdaidh | Amasan | Stiùireadh |
| A' tuigsinn dè a ghabhas dèanamh gus dèiligeadh ri buaidh ghàbhaidhean àrainneachdail. | <p>Bidh tagraichean a' toirt mìneachaidhean mionaideach seachad mu na ro-innleachdan a th' air an cleachdadh ann an rianachd ghàbhaidhean. Bu chòir cothroman a thoirt dhaibh a bhith a' rannsachadh an diofair eadar bacadh agus lasachadh ghàbhaidhean nàdarra.</p> <p>Airson gàbhadh ainmichte àrainneachdail bu chòir misneachd a bhith aig tagraichean ro-innleachdan sìmplidh a thoirt seachad airson dèiligeadh ri no bacadh a chur air gàbhadh àrainneachdail.</p> | <p>Bu chòir dha tagraichean beachdachadh air dè a ghabhas dèanamh le daoine fa leth gus dèiligeadh ri buailteachd ghàbhaidh àrainneachdail a thuilleadh air dè a ghabhas dèanamh aig ìre nàiseanta.</p> <p>Bidh mòran de na ro-innleachdan mar thoradh air tachartas a ghabh àite, ach bu chòir cothrom a thoirt dha tagraichean cuideachd airson beachdachadh air dè a ghabhas dèanamh airson àrdachadh a thoirt air comas dùthcha gu bhith a' dèiligeadh ri na tachartasan sin san àm ri teachd.</p> |
| A' cleachdadh fiosrachadh àireamhachail is grafaigeach gus na dùbhlain a chruthaich gàbhaidhean àrainneachdail a shealltainn mar chùis chruinneil a tha mu choinneamh an t-saoghail san 21mh linn. | Tha tagraichean a' cleachdadh fiosrachadh grafaigeach airson an tuigse fhoillseachadh mu adhbharan, buaidhean is ro-innleachdan a bha an sàs ann an dèiligeadh ri gàbhaidhean ainmichte àrainneachdail. | Dh'fhaodadh tagraichean aithisg naidheachd a thaisbeanadh mu thachartasan co-cheangailte ri gàbhadh àrainneachdail a tha a' mìneachadh gu mionaideach nam bagraidhean bho ghàbhaidhean ainmichte àrainneachdail. |

| Malairt is cruinnealas | | |
|--|---|---|
| Cuspair an sgrùdaidh | Amasan | Stiùireadh |
| <p>A' tuigsinn carson a tha cruinnealas buntainneach dhan bheatha san 21mh linn agus nan cùisean co-cheangailte ris a' bhun-bheachd seo.</p> | <p>Bidh tagraichean ag ionnsachadh mu bhun-bheachd air cruinnealas.</p> <p>Bhiodh dùil ann gum biodh mothachadh aig tagraichean air an dleastanas mar shaoranaich chruinneil agus air an dòigh mheudaichte sa bheil iad an urra ri lionra chruinneil airson biadh, fasain is ICT san 21mh linn.</p> | <p>Bu chòir dha tagraichean tòiseachadh a' comharrachadh ghluasadan ann am pàtranan malairt cruinneil agus dh'fhaodadh eisimpleir de chorporaid tar-nàiseanta a thoirt a-steach gus cuideachadh le bhith a' sealltainn na h-ìre mheudaichte de eadar-eisimeileachd a th' ann eadar an saoghal leasaichte is fo-leasachadh.</p> <p>Mar eisimpleir, dh'fhaodar beachdachadh air companaidh teleconaltraidh a tha a' sealltainn nan leasachaidhean ann an ICT a tha a' cur air adhart leasachadh ann an roinnean gnìomhachais ionadail le ceanglaichean cruinneil.</p> |
| <p>A' mìneachadh nan atharrachaidhean a tha a' gabhail àite ann an eaconamaidhean cruinneil..</p> | <p>Tha tuigse aig tagraichean gu bheil eaconamaidhean cruinneil ag atharrachadh. Bu chòir comas a bhith aca mìneachaidhean mionaideach a thoirt seachad mu na h-adhbharan airson nan atharrachaidhean sin agus an cudromachd co-cheangailte ri dùthchannan leasaichte is fo-leasaichte.</p> | <p>Bu chòir dha tagraichean beachdachadh air an ìsleachadh a tha sa phrìomh 's an dàrnach roinn san RA a dh'adhbhraich dì-ghnìomhachasachd agus na h-adhbharan airson seo, a' gabhail a-steach crìonadh ghoireasan, co-fharpais bho in-mhalairtean saor, meacanaigeachd agus atharrachadh sòisealta.</p> <p>Bu chòir ùine cho-ionann a thoirt dha fàs eaconamaidhean ùra ann an dùthchannan a tha a' leasachadh agus brosnachaidhean airson fàs, cothrom air bun-stuthan, oibrichean saor is a tha furasta fhaighinn agus brosnachaidhean cìse.</p> <p>Dh'fhaodadh modail Clarke-Fisher a chleachdadh airson cosnadh a tha ag atharrachadh ann an dùthchannan aig diofar ìrean a shealltainn.</p> |

| Malairt is cruinnealas | | |
|--|--|---|
| Cuspair an sgrùdaidh | Amasan | Stiùireadh |
| A' tuigsinn cò a tha a' buannachadh is a' call nuair a tha eaconamaidhean a' dol an ceann a chèile.. | Bidh tagraichean a' toirt seachad mìneachaidhean mionaideach den bhuidhe a dh'fhaodadh a bhith aig eaconamaidhean cruinneil a tha ag atharrachadh, air daoine, an eaconamaidh agus air an àrainneachd ann an diofar àiteachan. | Dh'fhaodadh tagraichean rannsachadh mionaideach a dhèanamh air fàs eaconamaidh ùr, 's dòcha ann an Ear-Dheas Aisia. Bu chòir dhaibh ionnsachadh mu na buannachdan is na h-ana-cothroman a tha san fhàs seo dhan eaconamaidh, dha daoine a tha ag obair sa ghniomhachas, anns a' choimhearsnachd san fharsaingeachd agus san àrainneachd nàdarra mu chuairt. Bu chòir beachdachadh san aon dòigh a dhèanamh air na buannachdan (lùghdachadh ann an dìth-cosnadh, ann an àrdachadh bathar iomlan dachaigh, mothachadh cruinneil) agus na h-ana-cothroman (malairt neo-chothromach, cus earbsa ann an dùthchannan leasaichte). Bu chòir dha tagraichean cuideachd beachdachadh air buaidh isleachadh ann an gnìomhachas ann an dùthchannan leasaichte. |
| A' mìneachadh carson a dh'fhaodas ro-innleachdan a bhith air an cleachdadh agus malairt chothromach àrdachadh. | Bu chòir dha tagraichean mìneachaidhean mionaideach a thoirt air ro-innleachdan a dh'fhaodar a chleachdadh gus dèiligeadh ri buaidh eaconamach, shòisealta is àrainneachdail nan atharrachaidhean anns an eaconamaidh. | Bu chòir dha tagraichean beachdachadh air àrdachadh fàis, malairt chothromach agus buidhnean co-obrachail ann an dèanamh cinnteach gu bheil eaconamaidhean ùra, an fheadhainn a tha ag obair annta agus na h-àrainneachdan mu chuairt, air an dìon. |
| A' cleachdadh fiosrachadh sìmplidh àireamhachail is grafaigeach gus na dùbhlain a shealltainn a chruthaich dlùth chruinneas agus malairt mar chùis chruinneil a tha mu choinneamh an t-saoghail san 21mh linn. | Bidh tagraichean a' cleachdadh fiosrachadh àireamhachail is grafaigeach gus an tuigs fhoillseachadh mu chùis chruinneil, na h-adhbharanan air a son agus na ro-innleachdan a tha dùthchannan leasaichte is fo leasachadh a' cleachdadh airson eaconamaidhean atharrachadh. | Dh'fhaodadh tagraichean cunntas a thaisbeanadh mu thachartasan atharrachadh eaconamach a tha a' mìneachadh nan cùisean co-cheangailte ri pàtran caochlaideach malairt is cruinnealas. |

| Turasachd | | |
|---|---|--|
| Cuspair an sgrùdaidh | Amasan | Stiùireadh |
| A' toirt cunntas air na pàtranan a dh'adhbhraich fàs ann an turasachd agus a' mìneachadh mar a tha seo air turasachd a dhèanamh na cùis chruinneil. | Bidh tagraichean a' sgrùdadh fianais gus fiosrachadh simplidh a thoirt às airson eisimpleirean eadar-dhealaichte de thurasachd a chomharrachadh agus càite san t-saoghal a bheil iad a' tachairt, leithid tursan fada, tursan gu bailtean mòra, dàn-thursan, mòr-thurasachd agus eag-thurasachd. | Bu chòir dha tagraichean tòiseachadh a' comharrachadh ghluasadan anns na feartan cruinneil a tha a' toirt buaidh air turasachd, me barrachd saor-ùine, teachd-a-steach nas àirde airson a chaitheamh, crìochan nas fhosgailte san Aonadh Eòrpach, crìonadh/reataichean atmhorachd, agus plèanaichean nas saoire an aghaidh àrdachaidhean ann am prìs connaidh. Dh'fhaodadh an ceangal eadar turasachd shoirbheachail chruinneil agus toradh dachaigheil iomlan a chleachdadh mar eisimpleir airson sealltainn cho cudromach 's a tha turasachd dhan eaconamaidh ann an dùthchannan leasaichte is fo leasachadh. |
| A' tuigsinn far a bheil turasachd a' leasachadh agus dè na factaran a tha an urra ri leasachadh agus a' fàs turasachd chruinneil. | Tha tuigse aig tagraichean gum faod turasachd leasachadh ann an diofar dhòighean agus ann an diofar àiteachan mar thoradh air caochladh fheartan nàdarra is làmh-dhèante, me aimsir thlachdmhor, cruinn-eòlas sònraichte fiosaigeach agus ailtireachd air leth me Taigh- tasgaidh Guggenheim ann am Bilbao, san Spàinn. | Bidh tagraichean a' toirt seachad mìneachaidhean goirid airson adhbharan fàis ann an turasachd san t-saoghal leasaichte, mar eisimpleir: <ul style="list-style-type: none"> ◆ Pàircean Center ◆ Bailtean Ghlaschu, Bath, agus Dhùn Èideann ◆ Lake District/Pàirce Nàiseanta a' Mhonaidh ◆ Florida Keys agus Great Barrier Reef Bheir tagraichean aon eisimpleir seachad mu fhàs ann an turasachd san t-saoghal fo-leasaichte, mar eisimpleir: <ul style="list-style-type: none"> ◆ Machu Picchu ◆ Angkor Wat ◆ Borneo ◆ Thailand |

| Turasachd | | |
|--|---|--|
| Cuspair an sgrùdaidh | Amasan | Stiùireadh |
| | | Airson gach eisimpleir ainmichte, bu chòir dha tagraichean mìneachaidhean goirid a thoirt seachad mu na feartan nàdarra is làmh-dhèante a chuir ri bhith a' stèidheachadh turasachd san àite seo. Dh'fhaodadh eisimpleir a thoirt air seo le bhith a' cleachdadh Modail Butler airson cuairt beatha fàs thurasachd agus a chrìonadh a shealltainn, agus càite anns a' chuairt seo a bheil an ceann-uidhe. |
| A' mìneachadh cò a bhuannaich is a chaill ann an turasachd chruinneil. | Bidh tagraichean a' toirt tuairisgeulan is mìneachaidhean goirid seachad den bhuaidh, math is dona, a dh'fhaodadh a bhith aig turasachd air daoine, an eaconamaidh is an àrainneachd ann an diofar àiteachan. | <p>Bu chòir tagraichean a bhrosnachadh airson eisimpleirean sònraichte a thoirt mu gach buaidh agus, far a bheil sin comasach, fianais bhon dàta àireamhachail is ghrafaigeach a chleachd iad airson a' chùis a rannsachadh, me àireamhan ag obair ann an turasachd/ìrean CO2/ eilthireachd a-mach/caitheamh ghoireasan.</p> <p>Bu chòir coimhead ri fàs follaiseach ionmhasail agus tabhartas gu sònraichte airson gach àite agus beachdachadh air 'aidion ionmhais' nuair a thathas a' smaoinneachadh air na buaidhean eaconamach.</p> <p>Bu chòir an aon ùine a chosg a' coimhead air na buaidhean sòisealta (tanachadh cultarach/coimhearsnachdan briste/buaidh iomadachd) agus buaidh na h-àrainneachd (truailleadh uisge èadhair, fuaim/isleachadh fearainn/bailteachadh).</p> <p>Mar eisimpleir, dh'fhaodte beachdachadh air an fhàs luath ann an turasachd ann an Dubai agus an leasachadh ann an turasachd fàsaich ann an Antarctica.</p> |

| Turasachd | | |
|--|--|---|
| Cuspair an sgrùdaidh | Amasan | Stiùireadh |
| A' mìneachadh mar a ghabhas turasachd chruinneil a stiùireadh ann an dòigh èifeachdach is cùramach. | Bidh tagraichean a' tabhann tuairisgeulan goirid is mìneachaidhean mu na ro-innleachdan a dh'fhaodadh a bhith air an cleachdadh airson turasachd chùramach a bhrosnachadh. | Airson ceann-uidhe ainmichte turasachd san t-saoghal leasaichte agus fo leasachadh bu chòir dha tagraichean a bhith misneachail a' toirt seachad ro-innleachdan a th' air an cleachdadh gus fàs turasachd a bhrosnachadh ann an dòigh chùramach agus, aig an aon àm, a' dèiligeadh ri agus a' casg crìonadh ann an turasachd. Dh'fhaodadh gum biodh e freagarrach sealltainn ri eisimpleir de eag-cheann-uidhe aig an ìre seo, mur a deach sin a dhèanamh roimhe, airson samhlaidhean de ro-innleachdan a dhèanamh airson turasachd chunntachail. |
| A' comharrachadh, a' taghadh is a' mìneachadh fiosrachadh simplidh àireamhachail is grafaigeach a ghabhas cleachdadh airson nan dùbhlain a chruthaich turasachd mar chùis chruinneil fhoillseachadh san 21mh linn. | Bidh tagraichean a' taghadh aon phìos co-dhiù de fhiosrachadh àireamhail is grafaigeach a chaidh a chruthachadh/a ghiullachd agus a thaisbeanadh airson tuigse nan tagraichean fhoillseachadh mun chùis chruinneil, mun fhàs, mun bhuidhe is mu na ro-innleachdan a bha an sàs ann an rianachd thurasachd ann an diofar àiteachan. | Dh'fhaodadh tagraichean taisbeanadh postair a dhealbhadh a dheigheadh a libhrigeadh aig World Tourism Awards a tha a' toirt cunntas goirid, le fianais thaghte, mu na h-atharrachaidhean a tha a' gabhail àite ann an turasachd chruinneil, mun bhuidhe a th' aca sin agus mar a ghabhas a' chùis a rèiteach gu h-èifeachdach san 21mh linn. |

| Slàinte | | |
|--|---|---|
| Cuspair an sgrùdaidh | Amasan | Stiùireadh |
| <p>A' tuigsinn nam pàtranan leasachaidh a dh'adhbhraich cùisean cruinneil slàinte san 21mh linn.</p> | <p>Bidh tagraichean a' sgrùdadh fianais gus fiosrachadh bunaiteach a thoirt às airson tòiseachadh a' tuigsinn a' cheangail eadar ìrean leasachaidh is slàinte.</p> <p>Bu chòir dha tagraichean tòiseachadh a' comharrachadh phàtranan eadar ìre an leasachaidh eaconamaich agus fallaineachd dhaoine ann an diofar àiteachan san t-saoghal leasaichte is fo leasachadh.</p> | <p>Tro mhìneachadh air fiosrachadh àireamhachail is grafaigeach, bu chòir dha tagraichean geàrr-iomradh a thoirt air prìomh fheartan na cùise cruinneil seo.</p> <p>Dh'fhaodadh coimeasan a dhèanamh eadar dàta sòisio-eaconamach airson ìrean de leasachadh eaconamach a shealltainn, mar eisimpleir:</p> <ul style="list-style-type: none"> ◆ toradh dachaigheil iomlan ◆ toradh nàiseanta iomlan ◆ cleachdadh lùth ◆ caitheamh cailearaidh ◆ cleachdadh an eadar-lìn ◆ seilbh air càr <p>agus an coimeas ri ìrean slàinte:</p> <ul style="list-style-type: none"> ◆ àireamh dhaoine airson gach dotair ◆ tachartas galair ◆ caiteachas slàinte airson gach neach <p>Tha làrach-lìn Buidheann Slàinte na Cruinne a' toirt cothrom air rannsachadh a dhèanamh air taghadh de dhàta.</p> |

| Slàinte | | |
|---|--|--|
| Cuspair an sgrùdaidh | Amasan | Stiùireadh |
| Mìneachadh carson a tha cùisean slàinte cruinneil a' fàs na adhbhar dragh a tha a' sìor fhàs. | <p>Bidh tagraichean a' toirt mìneachaidhean goirid seachad mu adhbharan airson àrdachadh ann an cùisean slàinte chruinneil agus an ceangal a tha eadar ìrean leasachaidh.</p> <p>Bhiodh dùil gum b' urrainn dha tagraichean mìneachaidhean goirid a thoirt seachd mu mar a tha ìrean leasachaidh air àrdachadh a thoirt sna cùisean slàinte sin.</p> | Tha tagraichean air am brosnachadh gu fianais mu chùis sgrùdaidh a chleachdadh, co-cheangailte ri ìrean àrdaichte de bheairteas san t-saoghal leasaichte agus an t-àrdachadh ann an tinneas cridhe agus galar-sgaoilte reamhrachd (RA/Alba/SAA/Siona) agus seo a choimeasadh ri na cùisean slàinte ann an dùthchannan nach eil cho leasaichte, me mailèiriva ann an Ear-Dheas Aisia no taobh an Ear Afraga (faodar taghadh bho 107 dùthchannan), agus HIV/Aids ann an fo-Sahara Afraga. |
| A' mìneachadh buaidh a' cheangail a tha eadar ìrean leasachaidh a tha ag atharrachadh agus slàinte. | Bidh tagraichean a' toirt thuairisgeulan goirid is mìneachaidhean seachad mun bhuidh a dh'fhaodadh a bhith aig cùisean sònraichte slàinte air daoine is air an eaconamaidh ann an diofar àiteachan ann an dùthchannan leasaichte is fo leasachadh. | Bhithhear an dùil gun cleachdadh tagraichean fianais sgrùdadh cùise agus, far a bheil sin freagarrach, fianais bho stòran fiosrachaidh àireamhachail is grafaigeach gus taic a chur ri na mìneachaidhean sin. |
| A' mìneachadh mar a dh'fhaodas ìrean leasachaidh cuideachadh airson cùisean slàinte chruinneil a lùghdachadh. | Bidh tagraichean a' tabhann thuairisgeulan is mìneachaidhean goirid mu na ro-innleachdan a th' air an cleachdadh airson cuideachadh le lùghdachadh ann an cùisean slàinte cruinneil co-cheangailte ri diofar ìrean leasachaidh. | Bu chòir dha tagraichean a bhith misneachail a' toirt seachad ro-innleachdan bunaiteach a th' air an cleachdadh air caochladh sgèilichean le daoine fa leth, coimhearsnachdan is dùthchannan airson lùghdachadh a dhèanamh air adhbharan nan cùisean slàinte sin agus, far an gabh sin a dhèanamh, ro-innleachdan airson cuideachadh a' cur às don chùis san 21mh linn. |

| Slàinte | | |
|--|--|--|
| Cuspair an sgrùdaidh | Amasan | Stiùireadh |
| A' comharrachadh, a' taghadh is a' mìneachadh fiosrachadh simplidh àireamhachail is grafaigeach, a dh'fhaodas a chleachdadh airson foillseachadh a dhèanamh air na dùbhlain a chruthaich leasachadh is slàinte mar chùis chruinneil ma choinneamh an t-saoghail san 21mh linn. | Bidh tagraichean a' taghadh aon phìos fiosrachaidh àireamhachail is aon phìos fiosrachaidh grafaigeach a chaidh a chruthachadh/ghiullachd agus a thaisbeanadh gus tuigse nan tagraichean fhoillseachadh mun chùis chruinneil, mu mar a tha i a' fàs, mun bhuidh a th' aice agus mu na ro-innleachdan a th' air an cleachdadh airson leasachadh agus slàinte annan diofar àiteachan a stiùireadh. | Dh'fhaodadh tagraichean cunntas a sgrìobhadh a dheigheadh a libhrigeadh aig Comann Slàinte an t-Saoghail is a tha a' toirt geàrr-iomradh goirid, le fianais thaghte, air na h-atharrachaidhean a tha a' gabhail àite ann an leasachadh cruinneil, agus air a' bhuidh a th' aig seo air slàinte chruinneil san 21mh linn. |

Ag ullachadh airson measadh cùrsa

Ann am measadh a' chùrsa tha co-ionannachd fharsaing eadar measadh nan sgilean agus eòlas is tuigse. Bidh tagraichean a' tarraing, a' leudachadh is a' cleachdadh nan sgilean a thog iad tron chùrsa.

Ann am pàipear nan ceistean feumaidh tagraichean sgilean, eòlas is tuigse bho susbaint riatanach a' chùrsa fhoillseachadh. Ann am pàipear nan ceistean tha sampail de dh'eòlas is tuigse bho na trì roinnean a tha sa chùrsa agus tha e cuideachd na riatanas gun tèid sgilean bho na trì roinnean a th' anns a' chùrsa ann an co-theacsa sam bith bho gach roinn a chleachdadh.

Anns an obair shònraichte feumaidh tagraichean dùbhlán is cleachdadh co-cheangailte ri cuspair no cùis iomchaidh ann an cruinn-eòlas fhoillseachadh. Bidh tagraichean a' rannsachadh is a' cleachdadh fiosrachadh gus eòlas is tuigse mun cuspair no mun chùis sgrùdaichte fhoillseachadh. Bidh tagraichean a' sgrìobhadh toraidhean an rannsachaidh mun chùis no mun cuspair ann an suidheachaidhean measaidh riaghailteach, is eile.

Bu chòir dha tidsearan is òraidichean fiosrachadh a bharrachd fhaighinn bho shònrachadh a' chùrsa seo.

Ullachadh airson pàipear nan ceistean:

- ◆ Faodaidh seo a dhèanamh le oileanaich fa leth, ann am buidhnean beaga no anns a' chlas no sa bhuidhinn gu h-iomlan, le cead bhon tidsear no òraidiche.

Ullachadh airson na h-obrach shònraichte:

- ◆ Tha an ùine iomlan airson na h-obrach shònraichte an urra ris an ionad. Faodaidh tagraichean an ùine seo a chleachdadh airson cuspair no cùis a chomharrachadh is aontachadh; fiosrachadh a chruinneachadh; agus airson an rannsachadh a dhèanamh. Faodaidh seo gabhail a-steach, a bhith a' cleachdadh leabhraichean, an eadar-lìon, agallamhan, obair làraich is eile; a' mìneachadh is a' soilleireachadh an toraidhean; a' tighinn gu co-dhùnaidhean; agus ag ullachadh airson foillseachadh na fianais. Faodaidh an ùine seo a sgaoileadh tron chùrsa no a bhith co-chruinnichte ann am blocaichean nas motha de dh'ùine.

Tha comhairle is stiùireadh a bharrachd air an t-seòrsa cheistean, air na tha de dh'iarrrtas air na stòran agus breithneachadh air an obair shònraichte, ri fhaighinn ann an sampail de pàipear nan ceistean agus anns an stiùireadh air comharrachadh.

A'leasachadh sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean obrach

Bu chòir dha luchd-dealbhadhaidh chùrsaichean cothroman a chomharrachadh tron chùrsa gus am faigh tagraichean air sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean obrach a leasachadh.

Bu chòir mothachadh a bhith aig tagraichean do na sgilean a tha iad a' leasachadh agus faodaidh tidsearan is òraidichean comhairle a thoirt mu chothroman airson ruith thairis is leasachadh a dhèanamh orra.

Cha bhi SQA a' dèanamh measadh foirmeil air sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha is sgilean obrach.

Faodaidh cothroman a bhith ann cuideachd airson sgilean a bharrachd a leasachadh a rèir dè na dòighean a th' air an cleachdadh anns gach ionad airson an cùrsa a libhrigeadh. Tha seo an urra ri tidsearan is òraidichean fa leth.

Tro choileanadh soirbheachail den chùrsa seo, tha sgilean cudromach airson ionnsachadh, beatha is obair gan leasachadh. Tha làn liosta dhiubh sin ann an sònrachadh a' chùrsa.

1 Litearrachd

1.1 Leughadh

Tha cruinn-eòlas freagarrach airson sgilean litearrachd a leasachadh, gu h-àraidh leughadh. Bu chòir tagraichean a bhrosnachadh gu a bhith a' leughadh, cho farsaing is a ghabhas, raon de dh'artaigilean buntainneach airson a dhèanamh furasta gluasad air adhart gu cùrsaichean eile agus gu saoghal na h-obrach.

Tha cruinn-eòlas cudromach airson leasachadh a dhèanamh air sgilean ann an leughadh mhapaichean airson fiosrachadh a tharraing asta. A thuilleadh air sin, faodaidh tagraichean caochladh artaigilean is aithisgean mu chuspair no mu chùis a tha iad a' sgrùdadh a leughadh, a' gabhail a-steach pàipearan-naidheachd ann an clò no ann an cruth eileagtronaigeach. Faodaidh iad iad sin a sgrùdadh còmhla ri rannsachadh sgoilearach no aithisgean riaghaltais aig ìre fhreagarrach.

Tha seo a' ciallachadh gu bheil cothrom aca beachdachadh air diofar ghnèithean sgrìobhadh agus beachdachadh air am buannachdan is an cuibhreachaidhean co-cheangailte ri fiosrachadh fhaighinn gus an cuideachadh a' cur crìoch air an obair shònraichte.

Tron chùrsa seo tha cothroman aig tagraichean cuideachd an sgilean sgrìobhadh a leasachadh.

2 Àireamhachd

2.3 A' làimhseachadh fiosrachadh

Tha sgilean àireamhachd air an leasachadh tro luachadh air raon de stòran fiosrachaidh àireamhach, staitistigeach is grafaigeach.

Nan sgrùdadh air cùisean cruinneil, bidh tagraichean a' coinneachadh is a' cleachdadh farsaingeachd de dh'fhiosrachadh àireamhach, grafaigeach is dealbhach. Bidh iad a' cleachdadh fiosrachadh staitistigeach ann am farsaingeachd chruthan, me grafaichean-loidhne, clàran-cearcaill agus grafaichean-bhannan. Bu chòir am misneachadh gu fiosrachadh bho raon de stòran a chleachdadh agus an dàta seo a mhìneachadh is a luachadh.

4 Fastaidheachd, iomairt is saoranachd

4.6 Saoranachd

'S e feart chudromach den chùrsa seo a th' ann an saoranachd. Le bhith a' sgrùdadh chùisean cruinneil, cruinn-eòlasach agus àrainneachdail (me Malairt Chothromach) agus mar a tha iad a' toirt buaidh air daoine fa leth, air sòisealtas agus air an àrainneachd, tha tagraichean a' fàs mothachail mu chùisean a tha a' toirt buaidh air ar saoghal anns an latha an-diugh, agus a leanas a' dèanamh sin san àm ri teachd.

Tha an cùrsa a' toirt chothroman dha tagraichean an tuigse a dhaingneachadh air cuspairean is cùisean cruinn-eòlasach is àrainneachdail a tha mu choinneamh a' chomainn shòisealta. Tha cruinn-eòlas a' toirt chothroman seachad airson beachdachadh air cùisean seasmhachd cruinneil. Tha nàdar cruinneil cruinn-eòlais a' toirt cothrom dha tagraichean an seallaidhean a leudachadh agus smaoineachadh mu bheatha ann an dùthchannan eile agus mar sin a' toirt doimhneachd dha an tuigse mu bheatha taobh a-staigh an co-chomann fhèin.

5 Sgilean smaoineachaidh

Tha sgilean smaoineachaidh gan leasachadh mar phàirt den chùrsa. Mar a tha tagraichean a' leasachadh an eòlais is an tuigse mu chùisean is thachartasan, bidh iad a' cleachdadh an eòlais ann an tachartasan is cùisean fìor. Tha pàirt chudromach aig cruinn-eòlas ann a bhith a' leasachadh is a' mìneachadh eòlas is sgilean bhon dà chuid, sealladh sòisealta is saidheans fiosaigeach.

5.3 A' cleachdadh

5.4 A' mion-sgrùdadh is a' luachadh

Tha an cùrsa a' cur tagraichean an sàs ann an obair leudaichte airson diofar stòran fiosrachaidh a mhion-sgrùdadh is a luachadh. Bu chòir dha tidsearan is òraidichean na tagraichean as comasaiche a stiùireadh gu stòran fiosrachaidh nas iom-fhillte agus nas beairtiche.

Tha eisimpleirean de mhion-sgrùdadh is luachadh a tha buailteach fhaighinn ann an obair shònraichte Nàiseanta 5 Cruinn-eòlas a' gabhail a-steach:

- ◆ a' comharrachadh fheartan agus a' cleachdadh fiosrachadh bho raon mhapaichean, nam measg mapaichean Suirbhidh Òrdanais
- ◆ a' beachdachadh air cho feumail 's a tha dòigh rannsachaidh sònraichte me obair-làraich an aghaidh agallamh no suirbhidh
- ◆ a' dèanamh coimeas air dòighean airson dèiligeadh ri cùisean àrainneachdail

Fiosrachadh rianachd

Foillsichte: Cèitean 2024 (deasachadh 5.0)

Eachdraidh atharrachaidhean ann an sònrachadh a' chùrsa

| Deasachadh | Tuairisgeul atharrachaidh | Deit |
|------------|---|--------------|
| 2.0 | Notaichean taic a' chùrsa air an cur ris mar phàipear-taice | Sultain 2017 |
| 3.0 | Peanas mura cuir tagraiche a-steach Fiosrachadh Ullaichte air a chur ris an earrainn 'Fianais ri thional'. | Iuchar 2019 |
| 4.0 | Ann an clàr atharrachadh na gnàth-shìde air duilleagan 31–32 de na notaichean taice, chaidh cur ris an t-susbaint sna colbhan mu dheidhinn amasan agus stiùireadh. | Iuchar 2021 |
| 5.0 | Chaidh iomradh air bailtean seantaidh a thoirt air falbh agus chaidh 'tuineachaidhean taigheadais neo-fhoirmeil' a chuir nan àite. Ann an 'Cùmhnantan measaidh' chaidh na h-earrannan 'Ùine' agus 'Faire, smachd is dearbhadh' ùrachadh. | Cèitean 2024 |

Faodar an sònrachadh cùrsa seo ath-fhoillseachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan foghlaim mura tèid prothaid a dhèanamh às an ath-fhoillseachadh agus ma thèid pàirt dheth ath-fhoillseachadh gun tèid aithne a thoirt dhan stòr. Faodar lethbhreacan a bharrachd den t- sònrachadh cùrsa seo a luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn SQA aig www.sqa.org.uk.

Thoir fa-near: tha comhairle ga thoirt dhut sealltainn ri làrach-lìn SQA gus dèanamh cinnteach gu bheil thu a' cleachdadh an dreach as ùire den t-sònrachadh cùrsa.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2012, 2017, 2021, 2024